



Oct. 15.

ORAIN

GHAIDHEALACH.





ENTERED IN

S T A T I O N E R S H A L L,

According to Act of Parliament.



O R A I N

GHAIDHEALACH.

L E

DONCHADH MAC-AN-T-SAOIR.

Clódh-bhuailt' ann DUN-EIDIN,
Le A. MAC-DHÓNUIL, air son an Ughdair.

M. DCC. LXVIII.




A N C L A R.

O RAN do chloidheamh Mhic-an-leisdeir,	
agus do bhl r na h Eaglais-bric	1
O ran do Thailbeart a fhuaradh o Bhan-ri'	
Mérai	6
O ran do 'n Mhusg	10
O ran do' n Righ	13
O ran do Mhorair Ghleann-urchaidh	19
O ran Coir'-a-cheathaich	27
O ran Cumhadh Coire-cheathaich	35
O ran seacharan feilg	41
O ran do Ion Caimbeul a' bhanc	44
O ran do Ghleann-urchaidh	52
O ran an t Samhraidh	55
O ran do Chaitpean Donnacha Caimbeul,	
ann Geard Dhuin-eidin	65
O ran do charaid Táileir, air son cuairt shuir-	
ghidh	72
O ran do'n Táileir, ann éirig óran a rinn ei-	
sean ann an ádhbhar a charaid	74
C umha' Ghileaspaig Achaladoir	82
Cumha'	

Cumha' Chailein Ghleann-iudhair	88
Oran do'n Bhrigis	95
Marbh-ran Coilich	100
Oran, mar gun deanadh Nian é do Niain eile	104
Oran Beinn-Dourain	107
Oran do Chéile	130
Oran do leanabh-altrom	137
Oran gaoil	140
Oran fúgraídh	143
Oran do chaora a fhuaradh a ghibht o mhnaoi uafail áraid	148
Oran luaidh	153




DORAIN



O R A I N

G H A I D H E A L A C H.



O R A N I.

*Oran do chloidheamh Mhic-an-leastair, agus do bhlár na h Eoglais brice *.*

LA' dhuinn air mach-thîr Alba,
Na bha dh'armaitl aig a chuirge,
Thachair iad oirne na reabail,
'S bu neo'-aoibhain linn a chuideachd ;
'Nuair a chuir iad an ratreud oirn,
'Siad 'nar diaigh a los ar morta,
'S mur deanamaid feum le'r casan,
Cha d'thug finne frad le'r musgan.

* 'Se fo ceud oran an ughdair.

'S a dol an coinnimh a Phrionnsa,
 Gu'm bu shunntach a bha finne,
 Shaoil finn gu'm faigheamaid cùis deth,
 'S nach ro dhuin, ach dol g'a shireadh;
 Nuair a bhual iad air a cheile,
 'S ard a leumamaid a tilleadh,
 'S ghabh finn amach air an abhuin,
 'S dol g'ar n amhaich ann san linne.

'Nam do dhaoinibh dol nan eitidh,
 Los na reabalaich a thilleadh,
 Cha do shaoil finn, gus na gheil finn,
 Gur finn fhein a bhi'dhete 'g iomain;
 Mar gu'n rachadh cù ri caoiribh,
 'S iad 'nan ruith air aodain glinne,
 'S ann marfin a ghabh iad sgaoileadh
 Air an taobh air an ro finne.

Sin 'nuair thainic cach 'sa dhearbh iad,
 Gu'm bu shearbh dhuin dol 'nan cuideachd;
 'Se 'n troupe Gallta g'an ro chall sin,
 Fhuair iad am marbha' 's am morta';
 'San a theich finn as na cianuibh
 'N diaigh trian aguin a thuiteam.
 'S cha d' theid me tuille gu dílinn
 Chuideacha le Rí na cuigse.

Bha na heich gu crúitheadach, srianach,
 Girteach, iallach, fiambach, troupach,
 'S bha na fir gu h armach, foghluimt',
 Air an fúnrachadh gu morta.
 'Nuair a thachair ribh clann Donuil,
 Chum iad cumhail air an uchdan.
 'S lion'ar spóldaich a bha leónta
 Air an lón an diaigh tuiteam.

Dh'eirich fuathas ann fan ruaig dhuin,
 'Nuair a dh'aom an fluagh le leathud,
 Bha Prionns' Tearlach le chuid Francach,
 'S iad ann geall air teachd 'nar rathad.
 Cha d' fhuair sinn focal command'
 A dh'iaruidh ar naimhdean a sgathadh ;
 Ach comas sgaoilidh feadh an tsaoghail,
 'S cuid aguin gun fhaotain f hathasd.

Sin 'nuair thainic mise dhathigh,
 Dh' ionnsuidh Ghilaspic o'n Chrannuich,
 'Sann a bha é 'n fin co'-fhiata,
 Ri broc-lia a bhiodh ann garuidh ;
 Bha é duilich ann fan ám fin,
 Nach ro ball aige r'a tharruing,
 'S mor an diú'ail na bha dhí air
 Cloidheamh finnsireachd a shean-athar.

Morain iarruing air bheug faobhair,
 Gu'm b'e sud eagus a chloidheamh,
 'Se gu lubach, leumnach, bearnach,
 'S bha car cam ann, ann san amhuich,
 Dh'fhag é mo chruachansa bruite
 Bhi 'ga ghiulan feadh an rathaid,
 'Sé cho trom ri cabar fearna,
 'S maирg a dh'f hairdeadh an ro rath air.


'Nuair a chruinich iad nan ciadan
 'N lá sin air sliabh na h eaglais,
 Bha ratreud air luchd na Beurla
 'S ann doibh fein a b' eigin teicheadh ;
 Ged' a chaill mi ann fan ám sin
 Cloidheamh ceannart chloin an Leafdair ;
 Cloidheamh bearnach a mhi-fhortain,
 'Sann bu chosflach é ri greidlein.

Am ball teirmeasg a bha meirgeach,
 Nach d'rinn seirbhis a bha dleusnach ;
 'S beag an diú'ail leam r'a chunnta
 Ged' a dh'iontraich mi mu fheasgar :
 An cloidheamh duth nach d'fhuaire a sgúradh
 'S neul an t suigh air a le'taobh,
 'S beug a b'fhiue 's e air lubadh,
 'S gum b'e diuthadh a bhuill deis é.

An cloidheamh braoisgeach, bh'aig na daoine
 Nach d'rinn caonag 's nach d'thug buillean,
 Cha ro eugas air an t faoghal,
 'S maирg a shaoruich leis an cu-measg ;
 An cloidheamh duth air an ro 'n taileas,
 Gun chrios, gun chrambait, gun duille,
 Gun roinn, gun fhaobhar, gun cheanbheart,
 'S maирg a tharladh leis an cunthart.

Thug mi lium an cloidheamh bearnach,
 'S b'olc an fhaisin e sa' chabhaig,
 Bhi ga ghiulan ar mo shliausuid ;
 'S maирg mi riamh a thug o'n bhail é,
 Cha toir é stobadh na sathadh,
 'S cha ro é laidir gu gearradh
 Gu'm b'e diuthadh a bhuill aimé,
 'Se air meirgeadh air an fharadh.

Chruinnich uaislean Earaghaidheal,
 Armailt laidir do mhilisi, [lach,
 'S chuaidh iad mu choinnimh Phrionns' Tear-
 'S duil aca r'a champ a bhristeadh ;
 'S ioma fear a bh' ann san ait' ud
 Nach ro fabhailt mur bha mise,
 Ged' tha mo chloidheamh air fhágail
 Ann am blár na h Eoglais-brice.



O R A N II.

*Oran do Thailbeart a shuaireadh o Bhan-ri
Mairi.*

DEoch flainte Ri Deorsa,
Gu'n olainn ar thus,
Le onoir 's le buaidh
Nan daoin uaifl' tha na chuit,
Le Seanalair Hawley,
As Maidsear Còthun,
Gun di'-chuimhn' air Mairi,
Bean mhálta mo ruin.

Mo bheannachd gu bráth
Aig a Bhan-ri nach beo ;
'San aic' a bha Mairi,
G'a h árach 's i og ;
Bean shiobhalta, shamhach,
'S i nárach gu leoir :
'Nuair theid mi 'n tigh thairne,
'Si phraigheadh na stoip.

'Stu

'Stu chumadh an co'throm
 'S an onoir 'ud rium,
 'S a chuireadh a'm sporan
 Na dollair 's na crúin,
 Ged' a dh' ólainn leann laidir,
 Fion Spáinteach as rúm ;
 'S tu b' urrain a phaigh,
 'S tu 'n ait air mo chúl.

Nuair thiginn leat dathigh,
 Bhar faithch' an rabhiu,
 'S tu sínnt ann am bhreacan,
 Bu taitneach leam thu ;
 Gu'n deanuin do thasguidh,
 Far am faicinn do ghnuis,
 Mo Mhairi dhonn mhaiseach,
 Air 'n do leug mi mo rún.

'S ann do nian na Ban-ri
 Thug mi grádh as mi óg,
 O'n a fhuair mi air laimh i,
 Cha ro faillneadh a'm lón ;
 Fhuair mi coir ort o'n chaiptein,
 Nach tugainn seachad air ór,
 'S ge do rachuin aìn blár leat,
 Cha 'n fhágain thu beo.


'S ann a fhuair mis' an toiseach,
 Leis an fhortan a bh' ann,
 A bhean as diriche pearsa,
 Theid a mach fa' chommand ;
 'S a dh'aindeoin na h aoife,
 Cha dean i h aogas a chall,
 Cha chaoluich a casan,
 'S cha mho glasas a ceann.


'Tha Mairi cho boigheach
 Ri mnaoi oig a tha 's tr,
 'S i gun uireafbhuidh foghluim,
 Uasal, mordhalach, grinn ;
 'Se m' aidhir 's mo shlas,
 Gu'm bheil i psda rium fhein,
 'S ge 'd a thearuig dhuinn stras,
 Gheibh fin r aig an Ri.

Bi sinn uil' aig Ri Deorsa,
 'S cha ghruicheadh dhuinn;
 O's ann aige tha 'n stras
 As cir air a chrn ;
 Bheir 'm paigh 'nar dorn duinn,
 'S cha 'n iar ' oirn dad g'a chion,
 Gheibh sinn anart as aodach
 Co faor ris a bhrn.

Channeil triobloid r'a chunntadh,
 Air muintir an Ri,
 Ach miorag as fugradh,
 'S bi gun churam do ni;
 Ged' a dh' ólainn na galain,
 A h uile car a theid diom,
 Cha troideadh mo bhean rium,
 'S cha leig i an t aran am dhi.

'S ann agams' tha 'n leanan,
 Nach 'eil feammach na brein,
 'Si 'n uaifl' tha na mala,
 Tha cuir a ceanail an geil,
 'S tha mi fad an am barail,
 Nach 'eil a coimeas fu' 'n ghrein,
 'S ni mi pórfan dith daingean,
 Mu bhios i mairthean a'm dhiaigh.





O R A N III.

Oran do 'n Mhusg.

S Iomadh car a dh'fheudas tighn air na fearaibh
 Is theaga' 'n gabh iad gaol air an té nach
 ' fhuigh iad, [mi,
 Thug mi fishead bliadhna do'n chiad té ghabh
 Is chuir i 'rithist cùl rium, is bha mi folamh.

Is thainic mi Dhun-eudan a dh'iarraidh lean-
 nain, [bhaile,
 Is thuirt an Caipin Caimbeul, 's é 'n geard a
 Gu'm b'aithne dha bantrach ann áite falaich,
 Is gu'n deanadh é áird air a cur a'm 'charaibh.

Rinn é mar a b' amhaist co'mhaith 's a
 ghealla',
 Thug é dhamh air laímh i, 's am páidh marri ;
 Is ge b'e bhios a feóraich a h ainm no floinne,
 Their iad ria Seónaid, 's b'e Deorsa seán-aír.

Tha

Tha i soithidh, suairce, gun ghruaim, gun
fmalan,
Is i cho' árd ann uaifle re mnaoi san fhearan,
Is culaidh a m' chumail suas i, o'n tha i marrium,
Is mór an t' ádh'r smuairein do'n fhear nach
fhuigh i.

Leig me'dhiom Nic-cóshum ge d'tha i mair-
thean, [aire,
Is leig mi na daimh chrocach an taobh bha 'n
Is thao' mi ris an og mhnaoi, 'fann lium nach
aithreach,
Cha n'eil mi gun stóras on phós mi 'n ainnir.

Bheir mi fhein mo bhriathr' gu bheil i ro-
mhaith,
Is nach d'ainich mi riamh orra cron am falach,
Ach gu foinneamh, sinealta, díreach, fallain,
Is i gun ghaoid, gun ghiomh, gun char fiar,
gun chamadh.

Bithidh i air mo ghiulan, 's gur maith an
airidh,
Ni mi fhein a sgúradh gu maith 's a glanadh,
Chuirinn ri' an t úile ga cumail ceanalt,
Is cuiridh mi ri m' shuil i, 's cha diult i aingeal.


'Nuair bhios cion an stórais air daoinibh
ganna,

Cha leigeadh nian Deorsa mo phoca folamh ;
Cumaidh i rium ól ann sna tighibh-leanna,
'S páidh i gach stópan a ni mi cheannach.

Ni i mar bu mhian leam a h uile car dhamh,
Cha 'n innis thi breug dhamh, no sgeul am
mearachd ; [lium,
Cumaidh i mo theaghla ch có-maith's bu mhaith
Ge nach dean mi foathair no obair shalach.

Sgíthich mi ri gniomh, ge nach d'rinn mi
earras, [sgaloig,
Thug mi bóit nach fhiach leam bhi ann a'm
Sguiridh mi g'am phianadh, o'n thug mi 'n
aire,
Gur th'é'n duine diomhaoin is fhaide mhaireas.

'Si mo bheanag ghaolach nach dean mo
mhealladh, [arain ;
'S foghnuidh i dhamh daonan a dheanamh
Cha bhi fáiliun eadaich orm no anart,
'S chuaidh curam an tfaoghail a nois' as m'aire.



O R A N IV.

Oran do'n Riogh.

'SI deoch flaint' an Ri' as ail linn,
 Sin an ioc shlainnt aluin, uafal,
 Bhi ga h ol a dh'ión na Spainte,
 Na do phuinse laidir, uaibhreach,
 'Nuair a bhios i air a stráchda
 Co lán 'sa chumas na cuachan,
 Ge b'e lamh an dean i tachairt,
 'S coir gu'm faiceadh é muncuairt i.

'S mor an fonnas th' ann san rioghachd,
 On a chuaidh an Ri so chrúnadh,
 Ann fan ait' a bh' aig a shinns'reachd,
 An d'fhuair an shean-seanair cóir dhuthchais,
 Albain, as Sasgun, as Eirin,
 'Nois' a geileachduin don aon fhear,
 Mar-nach fhacas iad riamh roimhe
 O'n a chothuicheadh air thus aid.

'S mor an t ádh a th' áir an oig-fhear,
 An treas Deors' a shuith sa' chaithir,

Chancil

Channeil Ri ann san Roinn-eorpa,
 Chumas comhrag ris le cloidheamh ;
 'S óg a thoisich é ri cruadal,
 'S tha bhuanachd gu tric na lamhan,
 Fearran chaich 'ga fhír thoirt uapa,
 'S na h uil' aite fhuair é ghleadhadh.

'S iomadh ait' an ro chuid armait,
 Cliutach, ainmeil 'nuair a thairnt' iad
 A choisichean lúthar, calma,
 As troup meamnach nan each laidir ;
 Bha Eirionnaich, Gaoill, as Sas'naich,
 'Nan gaifgich ann tir an namhaid,
 'S maирg a thach'radh air na fearruibh,
 'Nuair a theannadh iad ri lamhach.

Ann fa h uile cás as cunthart,
 'S mor an t urram fhuair na Gaidhil,
 'S bha fa greis ga 'n euir an duileachd,
 Mar nach buineadh iad don phairti ;
 Ach 'nuair fhuair iad mios as creid'eas,
 'Sa chreideadh nach deanadh iad failliung,
 'Siad bu sheas'uich' air an onair
 A thug lann sholais a scabart.

Bha

Bha iad bras a h uile latha,
 Ri ám catha dol fna bláruibh,
 Chuaidh gach duine dhiu air chruadal,
 'S ann orra bha buaidh gach lárach,
 Bha commisean aig gach oig-fhearr,
 'S e toirt ordugh ga bhrattailean,
 'S iad cho tairis do Ri Deorsa,
 'Sa bhiodh na leoghaia gan cuid álaich.

Bha chairt-iuil as cuimhl' an fhortain,
 Bha feoid a chogaidh gu leir leat ;
 Ann fa h uile blár a bh' aca,
 Rinn Mars na bu choir dha fein deth :
 'N ám do loinneis bhi gan gluasad,
 Chuir Eolus fuaim led' bhreidean ;
 Thug Neptune co-throm a chuain duit,
 'S co bha uait a dheanadh feum dhuit.

Bha na gearasdain cho daingean,
 'S gu'm b' amaideach dol gan seisdeadh,
 Aghaidh laidir air gach balla,
 Chum nam barag a bhi gleid'each,
 Rampair árd nach rachdadh thairis,
 Batt'raighe 's canain orra gleusda,
 Bu mhairg a bhiodh roimh an anail
 'Nuair a theannadh iad ri geisgil.

Gach Ri a thoisich ad' aghaidh,
 Ghabh iad mar roghain an diutha,
 'S ionan sin 's mur dh'eirich dhoibhsan,
 'S mor a chaill iad air a chuis 'ud,
 Thug thu tarruing bhar an Fhrancaich,
 'S fhuair thu ceanglaichean a's cumhnaont,
 Nach togadh é rithisid d'angar,
 Mu'n eireadh aimhleas ni bu mho dha.

Bha ban-ri Hungary gorach,
 'Nuair a thoisich i ri stri riut ;
 'S cha bu ghlice Ri na Spainte,
 Thoisich é gu dana mi-bh'ail :
 Ged' a bha 'n dithisid 'ud laidir,
 'S Ri na dha a bh'ann sna h innsean,
 Fhuair thu dhiu gach cuis a dh'iar thu,
 'S tha na fiachan air an dioladh.

Tha 'n Rianois' mar as aill leis,
 Sábhaitt a dh' fheudas é luighe,
 Tharruing é gu tír a chamhlach,
 'S channeil feum air camp a ghléidhe ;
 Gach duine bha dha 'nan naimhdean,
 Chinn iad da 'nan cairdean matha,
 'S tha iad uile dha cho díleas,
 'S dh' fhuirich an t fiocha' fin fhathasd.

An ceithir airdean an t saoghail,
 Tha fearran as daoin' aig Deorsa,
 'S tha chin-euglais ann sgach aite
 Chum an fábhalaadh o dho-bheirt,
 Tha lagh as parlamaid aca,
 Chumail ceartais riu as córach,
 'S tha mheirl' ann diaigh a casga,
 Sguir na creachan as an tórachd.

Bi' a h uile diuc as iarlodh,
 Mar as miann leo am fad as beo thu,
 'S gheibh gach morair, as gach tighearn',
 A h uile dlithe as coir dhoibh ;
 Tha daon uaisl', as tuagh an fhearruin,
 Mar as maith leo thaoblh an stórais,
 Tha luchd ciuird a faodain cosnaidh,
 'S channelt duine bochd gun phórsan.

Tha torradh am fás an talmhuin,
 Gu miosach, ar'arach, pórach,
 Chinn ann spreith gu blioichdach, bainnear,
 Sonna, sliochdar, fáilleach, feólar,
 Tha sithean air sliabh gach garbhlúich,
 Sealgairean a faodain spórta,
 'S tha tighinn air iasg na fairge,
 'S paillt an t airgiot ri linn Dheorsa.

'S mór a rinn é dh' fhearas-tighe,
 Sgaoil é h uile maitheas oirne,
 Chuir é drochaid air gach áltan,
 'S reitich é na ráidean-mora;
 Chuir é sgoil fa' h uile glean,
 A los gu'm faigheadh ar clann foghlum,
 'S gheibh sinn aimr as aodach Gaidh'leach,
 O 'fe 's fhear linn gu bhi sporsail.

'Se as airde do na flaithibh,
 'S am mac-ratha o thús oige,
 Ceannart laidir fa' h uil' ionad,
 Air gach fineadh 's air gach scorta;
 Titul Bhreataan as na Fraince,
 Tha na banntan sin 'na phóchda,
 Staileadh Eirin, 'ldeigh a chreidimh,
 G'a chumail creid'easach ann órdugh.

Gu meal thu do chrún 's do chaithir,
 D' uinein, do chloidh' 's do mhor-chuis,
 'S do theaghlaich mór, rioghail, cliutach,
 'S an lu' chairt am bheil thu chomhnuidh;
 Ge b'e uair a thig an aois ort,
 Na chaochlas tu bhar an t seoil sin,
 Gu'in bi do mhac-aoidhre sábhait,
 Ann ad aite mar as coir dha,



O R A N V.

Oran do Mhorair Ghlean-urchaidh.

S Geul a b' ait leam r'a innseadh,
 Mu'n og aigeanach, riomhach,
 Laoineach, bhasdalach, phriosail,
 Chaoineil, mhacanta, shiobhailt,
 A rinn gach beart a bha rioghail,
 Ann an ceartas as firinn,
 O thoiseach na stri' so thainig :
 O thoiseach, &c.

'S ioma ait' am bheil cliu ort,
 Nach ro 'm pairti do dhuthcha,
 Sheas thu dána gun chúram,
 Gun fhailiung, gun lúbadh,
 Gu neo'-sgathach le dúrachd,
 Ann fan aite bu rún leat,
 Far na gheal thu o thús a bhi cairdeach :
 Far na gheal, &c.

'S ann ám gluasaid, na carraid,
 Bha thu cruadalach, fearail,
 Mar bu dual duit o d' sheanair,
 Choisin buaidh ann an Gallu',
 'Nuair a bhuanach é 'm fearran,
 Bha na tuadhaich gun anam,
 'N deis an ruagadh 's an gearradh san arach :
 'N deis, &c.

Laoich ghleasda gun tiomadh,
 Bu mhór feum ann san iomairt,
 Nach geileadh le giorag,
 Fhuair iad réite le milleadh,
 'S cha b'i 'n eacoir a shir iad ;
 'S mor d' fheums' air bhi sgileil,
 O 's tu fhein a tha 'n ionad nan arman :
 O 's tu, &c.

Sár cheannard gach fin' thu,
 Deagh mhaighisdir nan gilean,
 'S an commandair gun tiomadh,
 An túis ai'-reit na iomart,
 Nach dean parladh a shireadh
 Le d' lanndaibh geur, biorach,
 Bhiodh caldach as iomain air namhaid :
 Bhiodh, &c.

'S bi' do chine mor fhein leat,
 Ann sgach cunn'art an d'theid thu,
 'S iad gu fuileachdach, feumail,
 Bhualadh bhulean as speicean,
 'S lionar curraidh 'na eidigh,
 Bhios ullamh gu eiridh,
 An ám dhuit bhi 'g eudhach crois-taraidh :
 Ann ám, &c.

'S ioma caraid muncuairt duit,
 Eidir Beallach is Cruachan,
 Leis 'm bu mhaith thu bhi 'n uachdar
 Le neart tein' agus luaidhe,
 'S nan lann tana, geur, cruaidhe,
 Rachadh marriut g'am buala,
 'Nuair a thogadh tu suaicheantas árda :
 'Nuair, &c.

'S 'nuair a sgaoilte do bhrattach,
 Ri crann caol, direach, snaighe,
 Ofcionn dhaoin' air an fhaithche,
 Chluinte glaoirich nam marcach,
 Bu ghraodhnaiche tartar ;
 Na cin-fheadhna 's na gaifgich
 Le maoim bheirt' amach leo buaidh láirach :
 Le maoim, &c.

Reacar, ardanach, mórchuis,
 Duineal, ceansalach, seólta,
 Marcach árd, nán each móra,
 Bu mhór fran, 's bu mhaith foghlum ;
 Fasan Gallta gu leoír ort,
 'S maith thig ád a bhil oir dhuit, [heal :
 Air chúl clannar bu bhoidhche measg Ghaid-
 Air chúl, &c.

Aghaidh mhacanta, chaoineil,
 Mhálta, mheachair mar mhaighdion,
 Dána, smachdail mar shaighd-fhear,
 Croidhe foilleir gun fhaoill
 Ann sa chomb is glaoine na 'n daoimein,
 D' aigne uile le foisle,
 Mar ghtian chaoineil a baoisge air fáire :
 Mar ghrian, &c.

Suairce, siobhailte, fearail,
 Suil liondach, ghrorm, mhealach,
 Bu chao!, finealta mala
 Gruaidh, ghrís-dearg, channach,
 Beul bí bu taine,
 Cneas mío-gheal mar chanach,
 Channeil ti a thug barrachd air d'ailteachd :
 Channeil, &c.

Fhuair

Fhuair thu urram gach cùife,
 On a b' urrain thu ghiulan ,
 'Nám suithe na cùirte
 Far 'm bu lion'ora diúcan,
 Bu riomhach do dhiuti,
 Bhi caramh a chruin,
 Air an Ri g'am bhuil duthchas an aite.
 Air, &c

Sár chuirteir na maisé
 G'an ro cliu air gach fasán,
 Fhuair iul ainn an Sasgon
 Air na cuiseannuibh tagraídh,
 'Se do thúr a bha beacail,
 Tha 'n duthaich lán aitis
 On a thaine tu dhathigh le failte :
 On a, &c.

Sar phoiteir an fhion thu,
 'S tu dh' óladh 'sa dhioladh ;
 Fhuair thu foghlum gach rioghachd,
 Meor is grinne ni sgriobhadh,
 Bu tu sealgair na fithne
 Led' chiuleabhair caol direach,
 'Nuair a tharla' tu 'm fri' nam beann árda :
 'Nuair, &c.

Ann ám dhuit bhi taoghal
 Ann fa' bheinn am bi 'n aodhailt,
 Leat bu m̄hianach a ghreadhan,
 Fuaim miosar ri h aodhairc,
 Gunna glachda do roghain,
 Gaoirm ghalanaich gaothair,
 'Nuair a rachadh é 'n deigh fir craice:
 'Nuair, &c.

'S nuair a loisge tu 'm fúdar,
 Leis a ghunna nach diultadh,
 Bhiodh na peilearan du'-ghorm,
 Le teine 'gan stiu'rath
 Ri h ealaid na stuice,
 'S bhiodh a ceireanan bruite,
 As do ghilean 'ga guilan e fasach:
 As do, &c.

'S 'nuair a thear'nda gu'd bhaile,
 Mu oidhche le faram
 Bu ghlea'rach an talla,
 Tour greadhnach sin Bheallaich
 Mór chaoimhneas air d'aire
 Bhiodh loinн air luchd ealaidh
 Leis an feindeadh gach caithream a b' ail leat:
 Leis, &c.

Mu chroma' na greine
 'Nuair a dhonnadh na speuran,
 Gheibhte sollain as aoibhneas,
 Ann tigh foilleir na feile,
 Gach ceol bu bhinne r'an eisdeachd,
 Co'-fhreagairt a cheile
 An fhiadhal, 's na teudan, 'fa chlársach :
 An, &c.

Maduin shoileir ag eiridh,
 Gheibhte chomaine cheudna,
 Piob am follais 'ga speiceadh
 Feadain loma 'gan gleusad,
 Dosa donna ri beus doibh,
 Ceol loinneil bu reithe,
 Sír chaithe' na feisd ann ad áros :
 Sír, &c,

'Si an trompaid 's na foragain,
 Bu ghlan prondol as monmor,
 'Nuair a lomda gach cora-mheur
 Nach bu trom air an t forachan,
 Bu phuncail an toraman,
 Gu fonnarach, foirmeil,
 Ann an teaghlaach a mhorrair ri ábhachd :
 Ann, &c.

Talla flaitheafach, rioghail,
 G'an ro maitheas, gun mhi-run,
 Gheibht' ann tadhaich gu lion'ar,
 Dō mhaitheamh na rioghachd,
 Seol air cai.he' an fhiona,
 Uisge-beatha ann am piosan,
 A sír ghabhail fios nan deoch slainte :
 A sír, &c.

Mar bu mhianach leat fhaicin,
 Bhi gu fialaidh mar chleachd thu,
 Miosail, miaghail, gun airceas,
 Uaist' as riomhadh as fasán ;
 O'r lion'ar g'a sgapadh,
 Cluiche dian g'a chuir seachad,
 Air dhiosnan, air chairtibh, 's air thaileasg :
 Air, &c.

Beus nach b' ainneamh led' theaghlaich,
 Bhi gu farumach, greadhnach,
 Ceol as aiteas gach eidhche
 Seomar laisde le coinlibh,
 'Se Glean-archaidd do staoile,
 'S thu air Beallach a'd oidhre
 Gu meal thu do ghreim air an aite :
 Gu meal, &c.



O R A N VI.

Cuir'-a-cheathaich.

I.

'S E' coir'-a-cheathaich nan aighean siúbhlaich,
 An coire rúnach, a's úrar fonn,
 Gu lurach, miad-fheurach, míneal, súghar,
 Gach luisean flúar bu chúbraidh leam ;
 Gu molach dúbh-ghorm, torrach lúisreagach,
 Corrach plúireanach, dlú'-ghlan grinn ;
 Caoin ballach dítheanach, cannach mífleanach,
 Gleann a' mhílltich, is lionmhor manng.

II.

Tha falluing, dhúinte, gu daingean, dúbuilt',
 A mhair'eas úine, m' an rúisg i lom,
 Do'n fheur a's cùl-fhinne dh' fhás na h-úrach,
 'S a bhár air lúbadh le drúchda trom,
 Mu choire guanach nan torran uaine,
 A'bheil luibh is luachair a fuas g'a cheann,
 'S am fásach guamach ann cás a bhuanadh,
 Num b' aite cruaidh é, 'm biodh tuath le'n
 suim.

III.

Tha truscan faolaidh air cruit an aonaich,
 Chuir fult as aoidh air gach taobh a d' chom,
 Mín-fheur chaorach is bara bhraonan,
 'S gach lus a dh' fheudadh bhi 'n aodain thom.
 M'an choir' is aoidheala tha r'a fhaotain,
 A chunna daoine an taobh so 'n Fhraing;
 Mur dean é caochla', b' é 'n t aithir saoghalta
 Do ghillean ea-trom bhi daonan ann.

IV.

'S ann m'an ruadh ais'-righ dh'fhás na cuair-teagan,
 Clúthar, cuaicheadh, cuannar, árd,
 A h uile cluaineag 's am bár air luasgadh,
 'S á ghaoth 'g an sguabadh a null 's a nall:
 Bun na cípe is bár a' mhilltich,
 A chuisseag dhíreach, 's an fhíteag cham;
 Muran bríoghar, 's an grunnasg lionmhor,
 M' an chuilibh dhiomhair, am bi na suinn.

V.

Tha fliabh na láirig an raibh mac Bhaidi,
 'Na mhothar fásaich, 's 'na stráchda trom;
 Slios na bán-leachda; cha 'ni is táire,
 'S gur tric a dh' áraich i 'n lán damh donn:

'Sna h aighean dára nach d'theid a 'n bhá-thigh,
 A bhios le 'n álach gu h árd 'nan grunn,
 'S na laoigh gu h uiseil a lá 'fa dh'oidhche,
 'S na h uiread cruinn diubh air druim-clach-
 fionn.

VI.

Do leachda chaoineil gu dearcach braoilea-
 gach,
 Breac le feireagan 's cruinn dearg ceann ;
 An creamh 'na chaithrichibh, am bac nan
 staithrichean,
 Stacan fraoidhneasach nach bu ghann :
 Am bearnan-bríde, 's a' pheighin rioghail,
 'S an canach míن-geal, 's am mislean ann ;
 'S a h uile mír dheth, o'n bhun is ísle
 Gu h ionad círean na crích' is áird'.

VII.

'S riaghach cóta na craige móire,
 'S cha 'n 'eil am fó'lach a' d'chóir 'san ám,
 Ach meunan cónich, o 's é bu nónaire,
 Air a chótachadh os is thall :
 Na lagain chónard am bun nan fróineag,
 Am bi na somhraichean, 's neónain fann,
 Gu bileach, feórnaineach, milis, roineagach,
 Molach, rómach, gach seórt' a th' ann.

Thá

VIII.

Tha mala ghruamach do'n bhiolar uaine,
 M'an h uile fuaran a' th' ann san fhonn ;
 Is doire shealbhag aig bun nan garbh-chlach,
 'San grinneal gainthich'gu meanbh-gheal pronn ;
 'N a ghlugan plumbach air ghoil gun aon teas,
 Ach coilich búirn tighin a grund eas lom,
 Gach struthan uafal 'na chuailean cùl-ghorm,
 A' ruidh 'na spúta, 's na lúba steoll.

IX.

Tha braddan tara-gheal fa choire gharalach,
 Tha tigh'n o'n fhairge bu ghailleach tonn,
 Le loinneis mheamnach a' ceapa' mhean'-chui-
 leag,

Gu neo-chearbach le cham-ghob crom :
 Air bhuinne borb, as é leum gu foirmeil,
 'Na éididh colgail bu ghorm-glas druim,
 Le shoislean airgid, gu h iteach mean'-bhreac,
 Gu lannach, dearg-bhallach, earr-gheal fliom.

X.

'S é coir'-a-cheathaich an t aithir príseil,
 'S an t áite rioghail mu'm bidht' a' sealg,
 Is bi' feidh air ghiulan le lamhach fúdair,
 A' cur luaidhe dhú'-ghorm gu dlú' nan calg :

An

An gunna gleusda, s' an cuilean ea-trom,
 Gu fuileach, feumanach, treubhach, garg,
 A ruidh gu siúbhlaich, a' gearradh shúrdag,
 'S a dol g'a dhúlan re cursan dearg.

XI.

Gheibhte daonnan mu d' ghlaacaibh faoine,
 Na h aighean maola ; na laoigh, 's na mainng,
 Súd bu mhiann leinn am maidain ghrianaich,
 Bhi dol g' an iarraidh, 's a' fiadhach bheann,
 Ge do thigeadh sianntan oirnn' uisg' is díle,
 Bha feol g'ar didneadh mu'n chrích san ám,
 An creagan iosal am bun na frídhe,
 'S an leaba dhiona', 's mi m' shíneadh ann.

XII.

Sa' mhadain chiuin-ghil, ann ám dhamh
 dúsgadh,
 Aig bun na stúice be' n' sugra' leam ;
 A' chearc le fgiucan a' gabhail túchain,
 'S an coileach cúirteil a' dúrdail crom.
 An dreathan fúrdeil, 's a riobhaid chiuil aige,
 A' cur nan smúid deth gu lúthar binn,
 An druid 's am brú-dhearg, le moran únaich,
 Re ceilear sunndach bu shiubhlach rann.

Bha

XIII.

Bha eoin an t sleibhe 'n an ealtain ghle'
ghloin,

A' gabhail bheusan air ghéig sa' choill,
An uifeag cheutach, 's a luinneag fein aice,
Feadan speiseil gu reidh a seinn :
A chuag 's fmeórách am bár an ógain,
A gabhail órain gu ceolmhор binn :
'Nuair ghoir an cuanal gu loinneil guanach,
'S é 's gloin' a chualas am fuaim sa' ghleann.

XIV.

'Nuair thig iad cómhla' na bheil a' d' choirse
Do na h uile seórta bu chóir bhi ann ;
Damh na cróice air frath na móintich,
'S é gabhail crónain le dreocam árd :
A' dol san fheathai' gu bras le h aoibhneas,
A' mire-lcumnaich re eildeig dhuinn,
B'i sin an ribhinn a dh'fhás gu míleanta,
Foinniumh, fineilte, direach, seanng.

XV.

Tha mhaoisfleach chul-bhui air feadh na dus-
luing,
Aig bun nam fiuran 'g an rusga' lom,

'S am poc gu h útluidh re leaba chuirteil,
 'S é 'ga búrach' le rútan crom ;
 'S am minnein riathach bu luime cliathaich,
 Le chuinnean fiadhta, a's fiadhaich ceann,
 'Na chodal guamach ann lagan uaigneach,
 Fuidh bhár na luachrach 'na chuitaig chruinn.

XVI.

Is lionmhar cruasachd a bha m'an cuairt duit,
 Re ám am buanadh bu luineach clann ;
 Re tional guamach, gu fearail, suairce,
 'S a' roinn gu h uafal na fhuair iad ann :
 Ceir-bheach 'na cruachdaibh, 's an nead 'na
 chuairtaig,
 'S a mhil 'ga buannachd air cruaidh an tuim,
 Aig feillein riadhcha, breaca, srianach,
 Le 'n cronan cianail a's fiadhta frann.

XVI.

Bha cus r'a fhaotain do chnemhan caoine,
 'S cha b' iad na caochagan ea-trom gann
 Ach bagait, mhaola, bu tainne plaoisg,
 A' toirt brigh a laoghan na mao-shlait fann.
 Srath nan caochan 'na dhosaibh caorain,
 'Sna phreasaibh caola, lán chraebh is mheang,

E


Na

Na gallain úra, 's na faillain dhlúthá,
 'S am barrach duinte mu chúl nan crann.

XVIII.

Gach áite timchiol 'n am fásach iom-lan,
 Mám is fion-ghleann, 's an tuilm 'ga choir ;
 Meall-tionail láimh ris, gu mollach, tláthail
 B' é chulaidh dh'árach an álaich oig,
 Na daimh 's na h eildean am madain cheitein,
 Gu moch ag eirigh air reidhlein feoir,
 Greidhein dhearg dhiubh air taobh gach lear-
 gain,
 Mu 'n choire gharalaich, 'g an ainm an Ceo.





O R A N VII.

Cumhadh Choire-cheathaich.

Air fonn, The Flowers of Edinburgh.

'S Duilich leam an caramh
 Th' air coire gorm an fhásáich,
 Ann raibh me greis am arach
 'S an bhraidhe so thall ;
 'S iomadh fear a bharr orm,
 A thaitneadh e r'a nádúr,
 Na 'm biodh é mar a bha é,
 'Nuair dh' fhág mi e nall ;
 Gunnaireachd is lamhach
 Spurt is adhbhar ghaire,
 Chleachd bhi aig na h ármuinn
 A b'abhaisd bhi sa' ghleann,
 Rinn na fir ud fhágail,
 'S mac eoghain tān' an drásta,
 Mar chlach an ionnad cápaig
 An aite na bh' ann.

Tha 'n coir' air dol am fáillie,
 Ged' ithear thun a bhlaire e,
 Gun duin aig am bheil cás deth
 Mun ait' ann san ám ;
 Na feidh a bh' ann air fhagáil,
 Cha d' fhuirich gin air arruinn,
 'S channelt an aite támha
 Mar bha e fa ghleann.
 Tha 'm Baran air a sharuch
 'S dhartluich air an tala,
 Gun sgil aig air an nadar
 Ged' thainic e ann.
 B' fhear dha bhi mar b' abhaist,
 Oscionn an t soigheich chátha,
 'Sa lamhan a bhi lán di,
 Ga fasgadh gu teann.

Se múgha' air an t faoghal
 An coire laoghach gaolach,
 A dholanois air faondra,
 'S am maor a theachd ann :
 'S gur h é bu chleachdain riabh dha,
 Bhi trusa nan cearc biata,
 Gur tric a rinn iad siathnail,
 Le pianadh do lámh,

Is iad na 'm baidnibh riabhach,
 Mu d' amhaich 's ann ad sgiathan,
 Bhiodh iotaillich is sgiabail
 Mu d' fhiacldh san ám,
 Bu ghiobach thu re riaghait,
 Mu chidfin tighe 'n iarladh,
 Gar nach b'e do mhiann
 Bhi cuir bhian air an staing.

Ged' tha thu 'nois fa' bhraighe,
 Cha chompanach le cách thu,
 'S tha h uile duine táir ort
 O'n thainig thu ann ;
 'S eigin duit am fágail
 Na 's measa na mar thainic,
 Cha taitinn thu re 'n nádúr,
 Le cnamhan 's le cainnt ;
 Gad fhaiceadh tu ghreidh uallach,
 'Nuair rachadh tu mun-cuairt doibh,
 Cha dean thu ach am fuadachadh,
 Suas feadh nam beann.
 Leis a ghunnadh nach raibh buaghar,
 'Sa mheirg air a toll cluaise,
 Cha 'n eirmis i na cruachan,
 An cuaille dubh cam.

Se 'n coire chuaidh an deis-laimhi,
 O'n tha e nois' gun fheidh ann,
 Gun duin aig am bheil speis diubh,
 Ni feum air an cùl,
 On tha iad gun fhear ghlédhte,
 Cha n' fhuirich iad ri chéile ;
 'S ann a ghabh iad an re-treata
 Seach rédhlean nan lúb.
 Cha 'n 'eil pris an ruadh-bhuic,
 An coille na air fuaran,
 Nach b' eigin da bhi gluasad
 Le ruaig feedh na duth'ch' :
 'S cha' n' eil a nois' mun-cuairt da,
 Aon spúrt a dheanadh suairceas,
 Na thaitneadh re duin-uasal
 Ged' fhuasgladh e chú.

Tha choille bh' ann san fhrí ud,
 Na cuimlin fada díreach
 Air tuitim is air crionadh
 Sios as an rúsg ;
 Na prisein a bha bríoghar
 Na dosaibh tiugha lionmhur,
 Air seachda' mar gu'n spoint' iad
A nios as an úir ;

Na

Na faileinin bu bhoidhcheadh,
 Na flatan is na hÓgain,
 'San t áit' am biodh an smeoÓrach
 Gu mÓdhar a fein ciúil,
 Tha iad uil' air coachladh,
 Cha d' fhuirich fiodh na fraoch ann ;
 Tha mullach bhar gach craoibhe,
 'S am maor 'ga thoirt diú.

Tha uisge frath na díge,
 Na shruthladh dÚbh gun siola',
 Le barraig uaine liogh-ghlais
 Gu mi-bhlafda grannd ;
 Feur-lochain is táchair
 An cinn an duilliaig bháite,
 Cha 'n 'eil gne tuille fás.
 An san ait' ud san ám ;
 Glumagan a chÁthair,
 Na ghluguibh domhain, fámhach,
 Co tiugh re súdhan cáthadh,
 'Na láthaich 's na phláim ;
 Sean bhurn sálach ruodhain
 Cha ghloine ghruond na uachdar,
 Gur coslach re muir ruaidh e,
 Na ruaimle feadh stannng.

Tha

Tha 'n t ait an raibh na fuarain
 Air fás na chroite cruidhe,
 Gun sóbhrach, gun dail-chuach,
 Gun lus uasal air carn ;
 An sliabh an raibh na h éildean,
 An aite laidhe 's eiridh
 Cho' lom re caufar féile,
 'S am feur chinn e gann ;
 Chuir Alastair le gheisgeil,
 A ghreidh ud as a cheile,
 'S thur leam gur mor an éu-coir
 An eadail a chall ;
 Cha lughadh 'n t adhbhar mío-thlachd,
 Am fear a chleachd bhi tíorail,
 A' tearnadh is a direadh
 Re frí nan damh seang.

Ach ma's duine do shliochd Pháruic,
 A theid a nois' do'n áite,
 'S gu 'n cuir iad as a láraich
 An tách'ran a tha 'nn ;
 Bidh 'n coire mar a bha e,
 Bidh laoigh is aidhein dár ann,
 Bidh daimh a dol san dámhair,
 Air fasach nam beann ;

Bi' buic sna baddan bláthá,
 Na bric san abhuinn laimh riu,
 Sna feidh an frath na láir'ge
 Ag ásfach na mang ,
 Thig gach uile ni g'a ábhaist,
 Le aidheir is le ábhachd,
 'Nuair gheibh am Baran bairlin,
 Sud fhágail gun taing.



O R A N VIII.

Oran seacharan seilg.

Chunnaic mi 'n damh donn 's na h eildean,,
 Direadh a bhealuich le cheile ;
 Chunnaic mi 'n damh donn 's na h eildean.

'S mi tearnadh a Coir'-a-cheathaich,
 'S mór mo mhi-chion 's mi gun aidhir,
 Siubhal frithe ré an látha,
 Thilg mi 'n spraidh nach d'rinn feum dliamh.
Chunnaic mi, &c.

Ged' thä bacadh air na h armuibh,
 Ghleidh mi 'n Spainteach thun na sealga,

Ge do rinn i orm do chearbaich,
Nach do mharbh i mac na h eilde.

Chunnaic mi, &c.

'Nuair a shears mi i sa' mhaduin,
Chuir mi innte fúdar Ghlascho,
Peulair teann is tri puist Shas'nach,
Cuiphain asgairt air a dheidh sin.

Chunnaic mi, &c.

Bha 'n spor úr an dei' s' a breacadh,
Chuir mi úille ris an acfuin,
Eagal driúc bha múdan craicin,
Cumail fasgaidh air mo cheile.

Chunnaic mi, &c.

Luidh an eilid air an fhuardan,
Chuaith mi farrasda muncuairt di,
Leig mi 'n dionnal ud m'a tuairmse,
Leam as cruaidh gu'n d'rinn i eiridh.

Chunnaic mi, &c.

Ranuig mise taobh na bruaiche,
'S chosd mi ria mo chuid luaidhe ;
'S 'nuair a shaoil mi i bhi buailte,
Sin an uair a b' aird' a leum i.

Chunnaic mi, &c.

'S muladach bhi fiubhal fríthe,
 Ri lá gaoith', as uisg', as díle,
 'S ordugh teann ag iarraidh síth'ne,
 Cuir nan gimeanach 'nan eigin.

Chunnaic mi, &c.

'S mitbich tearnadh do na gleannuibh,
 O'n tha gruamaich air na beannuibh,
 'S ceathach duinte mu na meallaibh,
 A' cuir dalladh ait ar leirfin.

Chunnaic mi, &c.

Bi' sian beo ann dóchas ro-mhath,
 Gu'm bi' chúis ní's fhear an t ath la',
 Gu'm bi' gaoth, as grian, as talamh,
 Mur as maith linn air na sleibhteán.

Chunnaic mi, &c.

Bithidh an luaidh ghlas 'na deannuibh,
 Siúbhal reith aig connaibh seanga,
 'S an damh donn a fileadh fola,
 'S ábhachd aig na fearuibh gleusda.

Chunnaic mi, &c.



O R A N IX.

Oran do Ioin Caimbeul a' bhanc.

IOIN CHAIMBEUL a' bhanca,

Gu'm faiceam thu slán,

Fhir a chumail na dáimh,

'Gam buineadh bhi mór;

Le d' chroidhe fial, fearail,

A thug barrachd air cach,

Ann iomadaidh cás

A thuilleadh nan flógh.

Fhuair thu meas, nach 'eil bichiont,

A measg Bhreatonach :

Banc an oir bhi fuidh d' sgoit,

Ann an cóir dhleasdanaich,

Na th' ann, cha 'n é 'm beagan

I's é 'm freasdal re d' stait,

Fuidh leagadh do lámh

'S gu freagradh do bheoil.

'S tu marcach nan frann-each,
Bu stann-ardach ceum,

Le

Le 'm fallaireachd fein
 Gu farasta fóil :
 Air dhiollait nan cúrsan
 Bu dubailte freun,
 'S tu bhuidhneadh gach réis,
 A shiubhladh an ród.
 Na h' eich bhearrcasach chalma,
 Bhiodh garbh cumachdail,
 Is iad gu h anmadail meamnach
 Le 'm falbh gruilleamach,
 Cruidheach, dlúth-thairgneach,
 Mear, ainfheasach, fuasgailteach,
 Ceann-ardach, cluas-bhiorach,
 Uallach gu leoir.

B'e do roghainn a dh'armachd,
 An targait chruinn úr,
 Gu meanbh-bhallach dlú,
 Budhaidh tairgneach cruidh feolt :
 Is cloidheamh-chinn airgid
 Cruaidh, calma nach lúb,
 Lann thana gheur-chuil
 Gu daingean a'd dhórn.

Marri dag ullamh ghrad,
 A bhiodh a snap freasdalach,
 Nach biodh stadh air a fraid
 Ach bhi 'mach freagarach :
 Fúdar cruaidh sgeilceara
 Am feadan glé dhíreach,
 A'd làmhan geal, míne,
 'S coliomhar caol, gorm.

Bu chean-ard air feac thu,
 An am gaisgidh no feum ;
 Fear misneachail treun
 A b' fhiosrach gach seól.
 A fhuair fóghlum is fáfan,
 Is aiteas g'a reir,
 Túr pailte le ceil
 A' cur aignidh am móid.

Ann ám suidhe na cíurte,
 No dúbladh an t seifein,
 An uchd barra no binnidh,
 'Si t fhirinn a sheasadh :
 Deadh theang fhear gu deasput
 Bu fhreagarach cainnt,
 A bhuidhneadh gach geall
 'S a chumadh a choir.

'Se do shúgradh bha earailteach,
 Ceannalta, suairc,
 Ann ám tional nan uaiflean
 Marruit a dh' ól,
 Gu failteachail, furanach,
 A cuireadh a fuas,
 Gach duine do'n t fluagh,
 Ga'm buineadh bhi d' chóir.
 Na diubhcan bu riamhaiche,
 A chít ann am Breatan,
 Is bu chompanach Rígh thu,
 Le firinn 's le teistneas,
 Fhir ghreadhnuich bu sheirceala,
 Sheasadh air blár,
 Fuidh 'n deise bhiodh lán,
 Do láftainean 'oir.

'S maith thig dhuit san fhafan,
 An ád is a ghruag,
 Air an dreasadh a fuas,
 Am fasán an t sloigh :
 Gu camagach daithte,
 Lán chaisfreag is chuach,
 Gu bachulach m'an cuairt,
 Le maishe ro-mhor.

Tha

Tha gach ciabh mar a mhiann,
 Air an sñiamh cumachdail,
 Fiamh dhonn, torrach, trom,
 Gun bhonn uireasbhuidh,
 Amlagach, cleachdach,
 Cruinne cas-bhuidh tlá,
 Co-ghafda re bár,
 Th' air mac san Roinn-corp.

'Si t aghaidh ghlan, shoilleir,
 Bha caoineil le suaire,
 Caol mhala gun ghrúaim,
 'Suil mheallach bu bhoidhch',
 Gnuís ailidh mar chanach,
 Bu cheanalta, sruagh,
 Mín cannach do ghrúaidh,
 Mar bhara nan rós.
 Cha 'n eil áilleachd air cás,
 Nach d' thug pairt urram dhuit ;
 Foinneamh finealta, díreach,
 Deas, fior chumachdail,
 Calpa cruin comhthromach,
 Corrach gu d' sháil,
 Gun chron ort a' fás,
 O mhulach gu bróig.

Do smaointine glice,
 Le misneach 's le ceil,
 Do thuigse ghlan, gheur,
 'S deadh thuiteamas beoil ;
 Gun tuirsneadh, gun bhrisfeadh,
 Gun triobloid, fo'n ghrein,
 A b' fhiosrach mi fein,
 Is misd thu bhi d' choir.
 'S ioma gibht a tha 'nois,
 Lionmhор tric minig ort,
 Iul is fios, muírn 's mios,
 Flúr a' miosg finnich thu,
 An uaifle le spiorad,
 Air mhireadh a' d' cháil,
 'S tu iriosal, baidheil,
 Cinneadail, coir.

Gheibhte súd ann ad thalla,
 Fion geal is maith tuar,
 Deoch thana gun druaip,
 Is i fallain gu póit ;
 Bhiodh sunnd agus farum
 Air aire ann t fluaigh,
 Deadh ghean ann fan uair,
 A teannadh r'a h ól.

Ann fan tigh bu mhór seadh,
 Leis nach dragh aithnichean,
 Muirn is caoin, a bhios air fheadh
 Cupa 's gloin, canachan,
 Coimhleirein airgid,
 Dreois ghailtheach a'n cheir,
 Feadh t aikreamh gu leir,
 Is iad pailte gu leoир.

B'e do mhiann a luchd ealaidh,
 Piob sgalanta chruaidh,
 Le caithreim cho-luath,
 'S a ghearradh' na meoir ;
 Puirt shiubhlara inheara,
 Is fior alloil cur suas,
 Ann an talla nam buagh
 Bu bharrail mu'n stor.
 Cruite ciuil, torman úr,
 Is é gu dluth ruidh-leumnach,
 Feadain lom, chruinne, dhonn,
 Thogadh fonn mireanach,
 Clárfach le grinneas,
 Bu bhinn-fhoclach fuaim,
 'S cha tilleadh tu 'n duais,
 'Nuair a shireadh tu ceol.

'S iomadh ait' am bheil do charaid,
A d'fharaid mu'n cuairt,
 Ann deas is ann tuath,
 Cho' dleas'nach 's bu chóir ;
 Diubhc Eara·ghaidh'leach ainmeil,
 Ceann armait' nam buagh,
 Leis' na dhearbhadh lamh chrúaidh,
 Is ris an d'earbadh gu leoir.

An t Iarla' clutach g'an dú'chas,
 Bhi 'n tour Bheallaich,
 A chuir an ruraig le chuid fluaigh,
 Air na fuar Ghallúich,
 Morair Loudon nan seang·each,
 Ard sheanoileir caimp,
 Fhuair urram command,
 Far na bhuidhin na feoid.

Tha iomadh cas eile,
 Nach ceilinn san uair,
 Tha tarruing ort buaidh,
 A mhaireas re d' bheo,
 Fuil rioghail air lasadh,
 Amach ann a'd ghruaidh,
 Cuir h aigne a fuas
 Le aiteas ró·mhòr ;

Tha buntamas leirsin
 Gu leir ann a'd phearsain,
 Fhir shunntaich na feile,
 Sgeul aobhain a b' ait leam,
 Na 'm faicinn a' maireach
 Le ábhachd 's le muirn,
 Bhi 'd charamh fu' 'n chrún
 Ann aite Ri' Deors'.



O R A N X.

Oran Ghlean-urehaidh.

MUN d' thig ceann bliadhna tuille,
 Cha bhi finn uile 'n Tora-mhuilt ;
 Theid finn thar na bealaichan,
 Do'n fhearrann ann raibh 'n tlus :
 Far am bheil ar dislean,
 Ann fan thír am bheil ar cuid ;
 'S an 't ait' an cór dhuinn criochnachadhl,
 'S an tiadhlaicear ar cuirp.

Is ann Clachan-an-diseirt,
 Bu ghrinn bhi ann an diu,

Suidhc

Suidhe 'n eaglais mhior'ailteach,
 Ann dasg bu riaghach cur,
 Ag eisdeachd ris na dh'innseadh dhuin,
 Am fear bu shiobhailt guth ;
 Is é toirt sgeul a phiobail duin,
 'S a bhrigh a' tigh'n gu buil.

Gleannan bláth na tioralachd,
 Ann ro-mhaith 'n cinn an stuth,
 Far am bheil na h innseagan,
 Am bheil an fiol ann cur :
 Cinnidh arbhar crao'ach ann
 Co'-chaoin gheal ris a' ghruth,
 Gu reachdmhar, biadhchar, brioghmhar,
 Tróm, torach, liontach, tiuth.

Bu chriodhail bhi fa' gheamhradh ann,
 Air bainsean gheibheteadh spúrt,
 Fonn-cheol reidh na piobaireachd,
 Cha bhiodh sgios mu a fghur :
 Fuaim nan teud aig fileirean,
 A sheinneadh fios na cuir ;
 'S an luineag fein aig nionagan,
 Bu bhinne mhillse guth.

Gheibh-

Gheibhteadh bradan fior-uisg' ann,
 A direadh ris gach fruth ;
 Eoin an t sleibh gu lionmhor,
 'S na milltean coileach dubh ;
 Earba bheag an sgriobain,
 Na minnein chrion 's na buic,
 'Sa ghlean am bheil na frígheachan,
 'S na giomanajch 'n am bun.

O'n a thainig mi do'n fhearan fo,
 Cha 'n fhuigh mi siu an eoin,
 'S cha 'n 'eil fáth bhi bruidhinn,
 Mu'n fhear bhuidh' air am bi 'n cróc :
 Cha b'ionnann 's bhi mar b'ámhast damh,
 Aig bráigh doire-chró,
 Far am bi' na lán-daimh,
 A ni 'n damhair ann sa cheo.

Mo shoruidh do Ghlean-urchaidh
 Nan tulchan glasa feoir,
 Far am bheil na sealgoirean,
 'Sa fhuair iad ainm bhi cór ;
 A dhíreadh ris na garbhlúichean,
 Am bidh greidh dhearg na leoир,
 'S bhiodh gillean trom le eallchan
 A dh'fhágadh tarbhach bórd.

'S an uair a thigteadh dhathigh leo,
 Gu'm b'fhasanta bhur seól,
 A suidhe a stigh-thairne,
 'Sa bhi dannsa marri ceól :
 Criodhalas r'a cheile,
 'S na béin a bhi 'gan ól ;
 'S cha 'n fhaicteadh cùis 'na h eigin
 Ann ám éigheach air an Stóp.



O R A N XI.

Oran an t Samhraidh.

I.

'NUAIR thig an Samhra' geugach oirnn',
 Theid siann nan speur o'n ghruamaiche,
 Thig thus is bláthas is aoibhneas. Theid
 Gach ni g'a reir am buadhalachd.
 Thig feart le neart na greine oirnn',
 Ni 'n saoghal gu leir a chuartachadh ;
 'Thig teas o flios 'nuair dh'eir'eas i
 Ni feum, 's cha treigear uainne é.

II.

Bi'dh pór ann an tír ghráiseirean,
 Chur síl ann san tím ghnáthaicht' :
 A' toirt bridh as an úr nádurrá ;
 O'n bhlár g'a bhárr a ghluaiseas é.
 Gu reachdmhor, breac, neo-fhaileanach,
 Trom-chuinlionach garbh-ghráineanach
 Gu diasach, riathach, cáileanach,
 Gu biadhchar, lán, 'nuair bhuainear é..

III.

'S glan fáile nan geug liomhora,
 Mu gháradh nan seud lion'ora,
 Am biodh áileagain glé riamhacha
 Le bláthas a' fior-chur sruadh' orra.
 Gu h úbhlach, peurach, figusach,
 Glan, brioghmhar, diomhair, guaimeiseach
 Gach fráid' is áillidh gríneachan,
 Mar Pheálas Righ r'an cuartachadh.

IV.

'S ro-ghreannar gach gleann fior-mhonaidh,
 Cur iomhaigh ghrinn an uachdar air ;
 Gach lus le bhár cho'-mhíor'ailteach,
 A' fás fuidh mhile suaicheantas ;

Gu

Gu duilleach, lurach, dítheanach,
 Glan, riamhach, lionmhóir, cuaicheanach,
 Gu ropach, dosach, misleanach,
 Gu millteachail, míín uainealach.

V.

Bidh fonn air gach neach nádurra,
 Bhi sealltainn gach ni gnáthaithe ;
 Am blár lom a' cur dreach fásaich air,
 Gach lá cur stráchd' neo-thruaillidh air,
 Gu mollach, torrach, catuineach,
 Gu cra'och, crásgach, cruasachdach,
 Gu h úrar, dú-ghorm, aileanta,
 Le frasa blátha, bruaidleanach.

VI.

Bi'dh gach frí gu liontach, feurach ; 's th eid
 Na feidh 'nan eidi'dh suaicheanta,
 Gu h uallach, binneach, ceumannach,
 Grad-leumanach, bior-chluaiseanach,
 Gu crócach, caprach, ceir-ghealach ;
 Gu manngach, eanngach, eildeagach,
 'Gan grianadh fa' mhios cheiteanach,
 Air fhios an t-sleibh m'an cuartaich iad.

VII.

Bi'dh lao' re tao' gach aighe dhiubh,
 'Nan luidhe mar is cóir dhoibh ; bi'dh
 Gach damh is manng cho'aithearach,
 'Nuair thig Fil-leathan róid orra.
 Bu tuille loin is saoghal,
 Do gach neach a ghabhadh gaol orra.
 Bhi tric ag amharc caol orra,
 Is ag eisdeachd gaoir an crónanaich.

VIII.

Bi'dh maoisleach a chinn ghuanaich,
 A cur dreach is snuadh is tuar orra,
 'Si tilgeadh cuilg a' gheamhraidh,
 A chuir gurt is greann is fuachd orra.
 O'n thainig bláthas an t Samhraidh oirne,
 Cuiridh ise manntal ruadh orra,
 'S tha inntin ghrinn g'a reir aice,
 Gu fallain, feitheach, fuasgalteach.

IX.

Bi'dh am minnein úrar meanbh-bhallach,
 Gros tioram air a ghnúis bu sgeinmeile ;
 Gu mireineach, lúthar, anmadail,
 Re flinncein na h earb' ann guailleachan.

Bu chlis feedh pris mu an-moch iad,
 Gu tric fuidh ioc nam mean'-chuileag,
 Gu sgrideil, gibeach, gear-mhafach.
 An sliochd 'gan ainm na ruaghagan.

X.

Bi'dh gach creatair failineach,
 A bha greis ann cás na fuaralachd,
 A togail ann cinn gu h ábhachdach,
 O'n a thainig bláthas le buaidh orra.
 Na h 'eoin fa' phunnc am b'ámhaist doibh,
 Gu ceolmhar, fonnar, failteachail ;
 Feadh phreas is thom re gáirdeachas
 Gun chás a dh'fhágadh truaillidh iad.

XI.

'S neo-thruaillidh am pór lionmhор ud,
 'S gur speiseil grinn a ghluaiseas iad ;
 Le'm beus a 'feinn mar fhíleirean,
 Gur h aoibhinn binn rem' chluasaibh iad.
 'S glan luineagach, fior-inntineach,
 A' chánmhain chinn thig uapa-san :
 'S iad gobach, sgiathach, círeineach,
 Gu h ighteach, dionach, cluaineiseach.

XII.

Bi'dh an coileach le thorman tuchanach,
 Air chnocana gorm a dúrdanaich,
 Puirt fhileanta, cheolmhor, shiubhlacha,
 Le ribheid a' dlu'-chur feoil orra ;
 Gob cróm nam ponnca luthora,
 'Sa chneas le dreach air a dhublacha'
 Gu slios-dubh, girt-gheal, úr-bhallach,
 'S dá chirc a fugradh boidheach is.

XIII.

Thig a chuag fa' mhios cheitein oirnn,
 'S bi'dh 'n uiseag 'na seuchdan comhluadh ria
 'S an dreathan a gleusadh sheannsoirean,
 Air a gheig a's aird' a mhothuicheas e.
 Bi'dh choill a gu leir 'sna gleanntaichean,
 Air chrathadh le h'aoibhneas canntoireachd,
 Aig fuaim a chuanail cheannsalaich
 Feadh phreas, is chrann, is óganan.

XIV.

'Na doireachean coill' bu diomhaire,
 'S na croinn mu'n iadh na smeoaireachan,
 Theid gach craoibh ann ciatoichead
 Bi'dh caochladh siamh is neoil orra ;

Gu

Gu meanganach, direach, sniomhanach,
 Theid croidhe nam freamh ann sóghaireachd,
 Le trusgan úr g'a mheudachadh,
 Bar-guc air mheuraibh nóstara.

XV.

Bí'dh am beatha gu cuisleach, fiuranach,
 Gu failleanach, flatach, úr-fhasach ;
 Thig snothach fuidh 'n chait is drúisealachd,
 Bí'dh duilleach is rúsg mar chomhdach air :
 Le bruthainn theid brigh na dúflain ann
 Am barrach dlúth nan óganan,
 Gu pluireineach, caoin, mao'-bhlaifda,
 Mo roghainn do shnaoifean froine é.

XVI.

'Sa bhiolaire luidneach, shliom-chluasach
 Ghlas, chruinn-cheannach, chaoin, ghorm-
 neulach,
 Is i fás glan, uchd-ard, gilmeineach,
 Fuidh bar geal, ionlan, sonraichte ;
 Air ghlaic, bu taitneach cearmonta,
 Le seamragan 's le neoineanan :
 'S gach lus a dh'fheudainn ainmeachadh,
 Cuir anbhaarra dhreach boidhchead air.

XVI.

Gur badanach, caoineil, mílionta,
 Crainn, mopach, mín-chruthach, mongoineach,
 Fraoch groganach, dúbh-dhonn, grís-dearg,
 Bárr cluigeanach, sínteach, gorm-bhileach ;
 Gu dosach, gasach, uain-neulach,
 Gu cluthor, cluaineach, tolmagach ;
 'Sa mhil 'na fúdar gruaige dha,
 'Ga chumail suas ann spórsalachd.

XVIII.

'Si gruag an deataich riamhaich i,
 'S mór a brigh 's is lionmhor buaidh orra,
 Ceir-bheach nan sgeap a cinntin orr',
 Seillean breac feadh tuim 'ga chruasachd sud,
 Gu cianail, tiamhaidh, frann aige,
 Air bharra nam meas a' dranndanaich,
 Bhiodh miann bhan óg is bhain-tighearnan
 'Na fhárdoich ghreannar, ghuamaisich.

XIX.

Is é gu sriteach, riathach, ciar-cheannach,
 Breac, buidh, stíallach, frian-bhallach,
 Gobach, dubhanach, riasgach, iargalta,
 Re gniomh gu dian mar thuathanach ;

Gu

Gu surdail, grunndail, deanadach,
 Neo'-dhiomhanach 'na uaireinean ;
 'Se fáile lusan fiadhaiche
 Bhios aige bhiadh 'fa thuarasdal.

XX.

Gach táin a's airde chruinnicheas
 Do'n áirigh uile ghluaiseas iad ;
 Thig blioc is dáir gun uireasbhuidh,
 Craobh árd air cuman gruagaiche.
 Na h aighean a's óige ládaire,
 Nach d'fhiosraich trá' nam buaraichean ;
 Bi'dh luinneag aig ríghbhín chúl-duinn doibh,
 'Gam bríodal ciuin le duanagan.

XXI.

'S fior ionmhuin mu thrá' nóine
 Na laoigh óga choir na buaile fin,
 Gu tara-gheal, ball-bhreac, bótainneach,
 Sgiathach, druim-fhionn, froin-fhionn, guail-leach,
 Is iad gu líth-dhonn, ciar-dhubh, cáraideach,
 Buidh, grís-fhionn, crá-dhearg, suaichionta,
 Seang, flios'ora díreach, sár-chumpach,
 Mín, slíogta, bárr an suanaiche.

Bi'dh

XXII.

Bi'dh foirm is colg air creatairean,
 Gu stoirmeil, gleust' 'g ath-nuadhachadh ;
 Le forgan torchuirt feudalach,
 An freud, 's an spreidh, 's am buachaille :
 An gleann, barrach, bileach, reidhleanach,
 Creamh, rainneach, reisg, is luachaireach,
 'S é caoin, cannach, míín-chruthach, ceutach,
 Fireach, fleibhreach, feurach, fuanach.

XXIII.

Bi'dh mionntain, camomhil, 's sóghraighean,
 Géur-bhileach, lónach, luasganach,
 Cathair thalamhonta, 's carbhin chróc-chean-
 nach,
 Gharg, amlach, rómach, chluas-bhiorach,
 Suthan láire, 's fáile ghroiseidean ;
 Lan liligh' 's rófa cuacheanach,
 Is clann-bheug a trusa' leólaichean,
 Buain chór ann cós nam bruachagan.

XXIV.


Bi'dh 'm blár fuidh stráchd le úraireachd,
 Oidhch' iuchair bhruincneach, cheo bánach,
 Gach srábh 'sa bár air lúbadh orra
 Le cudthrom an drúchd 's le ló'dalachd

'Na

'Na phaideirean lionmhar cúrnaineach,
 Gu brioghmhor, súghmhор, sólasach,
 Cuiridh ghrian gu dian 'na smúidean é,
 Le fiadh a gnúis fan óg-mhaduin.

XXV.

'Nuair a dhearsas a gnuís bhaoisgeil,
 Gu fial, flathail, fiadh, geal, caoineil oirn',
 Thig mhaitheas is gniomh le faibhreachd,
 Chuir loinn air an Roinn-eorpa so ;
 Le aoibhneas greine foillseachadh,
 Air an speur gu reith a spaoileas i,
 Cuir an geil gach feum a rinn i dhuin,
 G'a thoillseachadn 's g'a mhoideachadh.



O R A N XII.

*Oran do Chaippean Donnacha Caimbeul, ann
 Geard Dhuineidin.*

A Bhliadhn' a chruinnich an campa,
 'Sa thainig an trioblaid,
 Bha Donnacha óg Caimbeal-
 Air cheann na milisi ;

Fear curaisdeach, seolta,
 Bu mhór foghlum as misneach,
 G'an tarruing ann órdugh
 Ann an coireanuibh miosail,

'S mór do mhios aig na daoine,
 Bh'air do thaobh ann fan uair sin,
 A'dol air an adhairt,
 Ann an aghaidh an fhuaghais ;
 'Nuair bu bhras a bha 'n teine,
 As fras pheileir muncuairt dhuit,
 'S ann air thoiseach na h armait,
 A dhearbh thu do chruadal.

Ann an lá Chuíleoidir,
 A dol an toiseach a bhattailt,
 'S mor a b'fheaird iad thu rompa,
 A thoirt doibh profnacha focail ;
 Fir Ghlean-urchaidh bha 'd dhiaigh,
 'S bu tu roghain a Chaiptein,
 Ge bu sheanalair árd thu,
 B' fhiach thu an t aite bhi agad.

'S cha do smaointich thu gealltachd,
 'S cha b' afan leat cúram,

'S ann a bha t inntin a togail
 An ám losgadh an fhúdair;
 'S nan geur lannan glasa
 Bhi le braise 'g an rúsgadh,
 Bu tu ceannart an fleuchda
 Nach gabhadh feachda na lúbadh.

Bu chean-faona deus calm thu,
 Nach raibh clearbach a 'd ghaisge,
 Tarruing suas do chuid daoine,
 'Nuair a sgaoileadh a bhrattach,
 Dh'eirich leatsa buaidh lárach,
 Ann 'sgach cás a chuaith seachad,
 'S na fhuair thu do phairti
 Rinn thu 'n aireamh thoirt da-thigh.

Ceann na ceil' as na cuideachd,
 Bu mhór tuigs' agus riasun,
 Am fear miosnachail cliutach,
 Comhlan úr do shliochd Dhiarmad ;
 Tha d' aigne mar leodhan,
 Chuir thu moran ann gniomh dheth,
 Led' chainnt bhunnaithe phuncail,
 Sár chompanach iarlodh.

Dhearrbh thu fein a bhi suairce,
 Ann an uaifl' as an glaoine,
 'S iona car air gach taobh dhiot,
 Air am feudainn do shloinneadh,
 Shliochd nan comhlan bu chaoineile,
 O thigh Auchloine,
 Do'n fhuil as airde shliochd Dhiarmad,
 Tha 'n dream chiatfhach g'am bheil thu.

'Se meud na h uaifle tha 'd chorpa,
 Tha sír chuir brosgla a'd inntin,
 'S bu mhór fheum ann san choga,
 'Nuair a b' oisigeach Ri thu ;
 Rinn thu gnothach do chairdean,
 Gu nadara díleas,
 'S cliu a chos'naidh o'd naimhdean,
 'Nuair a thainic an t siocaint.

A Bhliadhna' a thogadh na creuchan,
 'S a loisgeadh aitreamh nan garbh-chrioch,
 'S mor a rinn thu g'am bacadh,
 O luchd nan casaga dearga,
 A liuthad beannachdan bocainn,
 A rinn thu chos'naidh san ám sín,
 Tha gu fioruidh am freasdal,
 Bi bhi leiseacha' d' anama.

Cha

Cha b'e d' fhasan bhi 'n tí,
 Air cuid nam fior dhaoine bochda,
 Ach an leigeadh roi' d' lionuibh,
 Ann sgach tír air 'n do chroisg thu,
 'Nuair bhiodh cach ann sna cùiltibh,
 Re spúindeadh 's re ropadh,
 'S ann a bhiodh tu le d' dhaoinibh
 Amach air aodain nan cnocan.

Bha thu teom' air gach fear-ghleus,
 A shiubhal garbhlúich an t sleibhe,
 Bu tu roghain an t sealgoir,
 A dhol a mharbhadh na h eilte,
 Ann am fásach na coille,
 Na 'n doire na geige,
 Bu tu namhaid a choilich,
 Is moch a ghaoireadh fa' cheatain.

'S maith thig 'eile chruinn uafal,
 Muncuairt air do bhreacan,
 Bonaid ghorm a bhile shíd ort,
 'S peiteag riomhach do'n tartan,
 Bróg theann air dheagh chumadh
 Mu'n troidh is cuimeir air faithche,
 'S air a chalbanna foilleir,
 Osain ghaoraid as gartain.

'S maith thig cloidheamh geur cuil ort,
 Lann úr nan tri chlaisean,
 Tana, faodharach, fuileach,
 Eu trom, guineach, geur, sgaiteach,
 Dias chuimeir do'n stailein,
 'Si spairt ann ceann ainsnich,
 Ann an iømachar ualach,
 'S an crios guailean san fhafan.

Paidhir dhag air do ghiulan,
 B' é do rún am bi' 'd shiubhal,
 Marri cuileabhair deus eu-trom,
 Gunna caol a bheoil chuthain,
 Aodharc chuimeir an fhúdair,
 Flasg chúlbhui 's beul luthaidh,
 Sgiath bhreac nam ball dlútha,
 Lann sgriuiteadh 'na h-ubhal.

Cha mhios' thig dhuit biodag,
 Cho'-maith 'fa thigeadh o'n chearduich,
 Snioman lion'ora croma,
 Air a cois dhromanaúich, chargnuich,
 'Si gu finealta, sgeunail,
 Direach, tana', gle sgeanamail,
 Eidir bhonn agus mhuineal,
 An taoim 'san duille 's a chrambait.

Bha thu uasal a tighin,
 Air gach flighe tha 'n taic riut,
 'S cha do leig thu fhein a rithisid,
 Bonn don t flighe ud seachad ;
 Fhir bu shiobhalta bruidhin,
 Bu tu breitheamh a cheartais,
 Sár phoiteir na ditheamh,
 G'an raibh 'n croidhe fial, farsuing.

'S gach car a chuaidh dhiotsa,
 Ann an rioghachd na h Alba,
 Cha chualas do mhi-chliu :
 Air do sgriob feadh nan garbh-chrioch,
 Aig feothas do ghiulan,
 Bha chuis ud duit ainmeil,
 Le barantas dúbait,
 Fhuair thu cliu na clia-sheanchuidh.





O R A N XIII.

Oran do charaid Taileir airson cuairt shùiridh.

THA ffinn triuir ghilleann fa' bhaile so,
 Mis', agus Alastoir, 's Pádruic,
 'S muintir na tír' ag ailis,
 Gu'n deacha' ffinn baileach o sta';
 Na gruagaichean laoghach bha marruin,
 An diaigh am mealladh aig cár,
 Gach oidhch' a bhios iad ri h'aire,
 Cha bhi iad gun fhearr air an sgáth.

'Se Donal an t óganach gibeach,
 'S ann aig' a bha mhifneach a b'fhearr,
 'Se chuireadh an car dhe' gu sguibealt,
 'S a rachadh a chlisge 'nan dáil,
 'S ann a dh'iomaireadh é teidhir is eipein,
 Nach b'urrain e bhristeadh gu bráth,
 'S gu'n cumar é marris na bochdaibh,
 O'n a bhios é ri sodradh gun támh.

Tha fleasgach aig Para MacBheathain,
 'S é 's braise is aitheant damh 'm eolas,


Tha

Tha é chò deidheil air mnaithean,
 'S nách fheud é luighe na ónreachd ;
 Shiubhladh é 'n oidhche gu láthà,
 Do dh' áit ann sam fuigheadh e pógáin,
 'S dheanadh é cluiche gu brigheagach,
 Cuide ri nigheagan óga.

Gu briodalach, beúlanach, cùirteil,
 Re fúgradh gu siobhailte, baigheil,
 A mistir' ag euladh sna cùiltean,
 'S é rúrach gu h iofal fui' mhágán ;
 Le chriotachadh tearuinte, rúnach,
 'S é dlúthachadh ria gu dána,
 'S mu chuaidh é san ám air a ghlúinibh,
 Cha b'ann ris na h úrnuighean a bha é.

Ruigidh é bódhan na fhaire,
 'S é 'n t áit' am bu mhaith leis bhi támh,
 Luidhidh é teann air a bhan-araich,
 Si sud leannan a ghráidh,
 Dheanadh i chriotachadh tairis,
 Is chuireadh i thairis a lamh,
 'S 'nuair a theannas é ria le farum,
 Gu'n cumadh iad caithris air cách.

'Se ludragan phaidseach na bleide,
 An ceigean maol, ódhar, gun ádh,
 A thainig a shuireagh cho-beadaidh,
 Do dh'áit' an raibh fleasgaich a b' fhearr;
 'S ann a thoill é chur air an t seifin,
 Mu'n chleasachd o'n chuaidh i os 'n aird,
 'S am brangas a theannadh mu pheirclibh,
 'S gún ódhar na h eaglais thoirt dá.



O R A N XIV.

*Oran do'n Taileir, an eirig crain a rinn eisean ann
 an adhbbhar a charaid.*

A Dhomh'uil Bháin mhic ó Neacain,
 Tha 'n droch nátar á d' phearsuin,
 Cha ghnáthaich thu 'n ceartas,
 Gus am básaich thu 'n pheacadh,
 'S maирg áit' ann s'na thachair,
 Am ball-sampuil gun chneastachd,
 'A rinn gráineil an sgaiteachd ud oirn',
 'A rinn gráineil, &c.

Fhir a thóisich re ealaidh,
 Bha thu górách a d' bharail,
 'Ga seóladh ám' charaibh,
 'S gun mi t' fheóraich, no t' fharaid,
 Chuir thu sgleó dhiot is fanoid,
 Cho dhiubh 's deoin leat no's ain-deoin,
 Tha mi 'n dóchas gu'm fuigh thu do leoir,
 Tha mi, &c.

Dhamh-sa b'aithne do bheusan ;
 Tha thu ain-eolach, beumnach,
 Is do theanga mar reusar,
 Le tainnead 's le geiread,
 Thug thu deannal damh fhein dith,
 O's an agad tha 'n eu coir,
 Com' nach paidhin thu 'n 'eirig do sgeoil,
 Com' nach, &c.

'S craobh thu 'n ghrotlaich air crionadh,
 Lán mosgain, is fhíneag,
 A dh'fhás croganach, iosal,
 Gaoraid, crotach, neimh-dhireach,
 Stoc thu togairt a'n ghriosfaich,
 A thoill do losgadh mar iobairt,
 Leig thu 'n soisgeul air di-chuimhn' gu mór,
 Leig thu, &c.

Bu bheag an diúdhail é thachairt,
 An lá thír thu na facail,
 Dá phunndí agus cairteal,
 A dh'fhúdar cruidh, sgairteal,
 A bhi á d' bhroin air a chalcadh,
 'S bhi 'g ad' sgáineadh le maitse,
 Gus am fásadh tu d' ablaoch gun deo,
 Gus, &c.

'S blíonach rithinn gun fheum thu ;
 Ge do bhítheadh tu 'm feithe,
 Coin is fithich a' d' theumadh,
 Cha bhiodh an diol beidh ac'.
 'S tric thu tean air 'na h eibhlean,
 Bhreac do shuimeir gu t éislich,
 Bláth an tein' air do shleisdibh gu móir,
 Bláth, &c.

O nach Táileir is fhiu thu,
 Chuir cách as a' chuirt thu ;
 Bi'dh tu ghná ann 'sna cúiltean,
 A' cáramh nan lúireach,
 Bu tu ásuin nan clútan,
 'S tric a shuídh thu san smóraich,
 'Nuair a bhithinns' air cún fir nan cróc,
 'Nuair, &c.

'S é do choltas r'a innseadh,
 Fear sop-cheannach, grímeach,
 Nan sneo, 's nam mial íneach,
 Gun bhonait, gun phior-bhuic,
 Gun bhad-mullaich, gun chirean,
 Cár gu t uilinn a fios ort,
 Stráchd na dunach do'n sgríbich mu'd cheós,
 Stráchd, &c.

'S iomadh áit' ann 's na thachair,
 An taileir MacNeacain,
 Eidir Albain is Safun,
 Bailtean margaidh is machair,
 'S tric a shealg thu air praisich,
 O nach d' fhalbh thu le clapa,
 Choidh' cha mharbh e duin' aca do'n t slógh
 Choidh', &c.

Bi'dh 'n crom-ódhar gun fhios duit,
 'Mach air tollaibh do bhriogais,
 'Se gun chomas gun bhriosgadh,
 Chaill e spionna's a mhisneach,
 Leis na rinn thu do'n bhidseachd,
 Bu tu 'n flaidhtire misgeach,
 'S cian o'n thoill thu do chuipeadh mu'n ól,
 'S cian, &c.

'S iomadh ceapaire rómais,
 Rinn thu ghlacadh a' d' chrógan,
 Is bhi ga stailceadh le d' órdaig,
 Ann ad chap dheudach sgórach,
 'S reamhar farsaing do sgórnan,
 Brú mar chuilean an ótraich,
 Fhuair thu urram nan geócach re d' bheo.
 Fhuair, &c.

Bi'dh na mnathan ag ráit,
 'Nuair a rachadh tu 'n airidh,
 Gun tolladh tu 'n t áros,
 Ann 'sam bitheadh an cáise ;
 'Nuair a dh'itheadh tu pairt deth,
 'S a bhiodh tu air trásgadh,
 Ann fa' mhuidhe gu'n spárr thu do chróg,
 Ann, &c.

'S tu 'n tollaran cnáimhteach,
 Ge bu ghionach do mhaileid,
 Tha do mhionach air t' fhágail,
 Gun chrioman deth láthair,
 Cochall glogach mu d' áruinn ;
 'Tha do sgamhan is d' áinean
 Lán galair is fáflaich, is chós,
 Lán, &c.

Beul do chléibh air a thachdadadh,
 Air séideadh 's air brachadhl,
 'S é gu h eididh air malcadh,
 'S mór fheam air a chartadh,
 Gach aon ea-cail a' d' phearsuin,
 Caitheamh, 'eitich, is casdaich,
 Gus an d' eirich do chraicean o' d' fheoil,
 Gus, &c.

Tha do chréuchdun, 's do chuislean,
 Lán ea-cail is trusdair,
 'S thu feumach air furtachd,
 Tha 'n deideadh a' d' phluicibh,
 'S thu t eigin le clupaid
 D' anail bhreun, gu trom, murtaidh,
 'S maирg a dh' fheachadh dhiot moch-thra do
 'S maирg, &c. [thóchd.]

Do dheud sgrob-bhearnach, cabach,
 Am bheil na sgóir-fhiacan glasa,
 Mosgain, cósacha, sgealpach,
 Luibte, grannda, cam, feachdadadh,
 A null 's a nall air an tairfinn,
 Cuid diubh cailt, air dol asad,
 'S na bheil ann diubh air spagadh do bhcoil,
 'S na, &c.

Bi'dh

Bi'dh na ronnan gu filteach,
 'Nan tonnaibh gorm, ruidhteach,
 A gabhail toinneamh o d' liopan,
 Thar cromadh do smige ;
 'S dorcha doilleir do chlisneach,
 Comh-dubh ris a phiceadh,
 Uchd na curra, cean circ' ort, gob geóidh,
 Uchd, &c.

Do mhaol chruacach air faileadh,
 Gun chluasan, gun fhaillean ;
 Tha thu uainealach tanna,
 Co'-chruaidh ris an darach ;
 'S thu gun suanach, gun anart,
 'S adh'r truais thu re d' ghearan,
 'S gur fuair thu na gaillean an reót,
 'S gur, &c.


Tha cean binneach 'na stúic ort,
 Geocach, leith-cheannach, giugack,
 Aodan brucainneach, grugach,
 'Srón phlucach na múire,
 Tha cruit air do chúlaobh,
 'S moran lurcuich a'd' ghlúinibh,
 Dá chois chama, chaol, chrúbach, gun treoit,
 Dá chois, &c.

Cha

Cha 'n 'eil uiread nan fáiltean,
 Aig á phliutaire spágach,
 Nach 'eil cusbach is gágach,
 Tha thu d' chrioplach 's a'd' chraigheach,
 'Slionmhor tubaist an téalair,
 Dh' fhág an saoghal 'na thráil é,
 'S maирg a shaóraich air h árach 's tu óg,
 'S maирg, &c.

Mu's ann do shliochd Adhamh thu,
 Cha cholsach re cách thu,
 Aig olca 's a dh' fhás thu,
 O thoiseach do láithean :
 Cha 'd thig cobhair gu bráth ort,
 Gus am foghain am bás duit,
 'S do chorpa ódhar a cháramh fo'n fhoid,
 'S do chorpa, &c.





O R A N XV.

Cumha' Ghileaspaig Achaladoir.

I.

GUR muladach tha sinn,
Mu Mháidseir Achaladoir ;
E bhi dhí air an aireamh,
'Nuair thainig cách thairis oirn',
Chuaidh gach duine g'an áite,
'S an leith-páigh 'ga tharuing ac',
'S ann tha eisean air fhágail,
Ann san ár-fhaich gun charuchadh.

II.

Bu cheann-feadhna deas calm' thu ;
'N ám dhuit falbh as an fhearrann fo,
Air thoiseach na h armait,
Far 'na dhearbh thu do cheann-ardachd,
Chuaidh tu null air muir-dhubh-ghuirim,
'S bhi 'ga stiubhradh le Maraichean,
Dol ma choinneamh nam Francach,
Is iad 'nan camp air gach Gearasdan.

Bha

III.

Bha thu cruadalach, dána,
 Ann sgach cás a bhiodh baraichte,
 A' dol air h adhairt sna bláruibh ;
 Bu neo-sgáthach 'gan taruing thu,
 Thug sín thu gu áite,
 'S theireadh cách gur tu b'airidh air,
 Bha do misneach is d' eolas,
 Mar á dh' fhoghnadh do sheanalair.

IV.

Bha d' aigní mar leomhan,
 Ann am móir-chuis, le fearachas ;
 Brais is árdan le cheile,
 Ann ám feuma nō cabhaige,
 Lanh chruaidh air chul sceith,
 Cho' treabhach 's a b' aithne dhamh ;
 'S ann ám bhualadh nan speicean,
 Cha raibh deisin ann ceangal riut.

V.

Be do mhiann na 'h airm ghaisge,
 Bhi gu acuineach, farumach ;
 Coiliobhar caoil snaithte,
 Nach do dhiult a snap aingeal duit,

Lann thana, gheur, stailin,
 Chruaidh, laidir gu gearradh,
 Deigh spionna do laimhe,
 Bhiodh do namhad 'fa gearanach.

VI.

Ann an lá blár champin,
 'Nuair bhuaile an tacaid an seanalair,
 Chuaidh a lot ann san áraich,
 'S dh'fhág cách a call foladh é,
 Thug thu mach e air ghiulan,
 'Sin an turn nach raibh aithreach dhuit,
 'N ám suithe na cuirte,
 'S gach aon chuís be do charaid é.

VII.

'S é la Phealan-housain
 A rinn an diuthail gu 'h ath-ghaoraid,
 'Nuair a thuit an commandair,
 A' b' aird' air na fearuibh 'ud,
 Air a phicáid a bha thu,
 Oscionn chách fhuair thu barantas,
 Ann an onoir na rioghachd,
 'S an righ fhad 's bu mhairthean thu.

VIII.

Ge do theireadh luchd faoineachd,
 An taobh so gu h ain-eolach.;
 Gu'n do thearuing sliochd Dhiarmad,
 Gun reabadh, gun ghearradh ann,
 'Nan sealladh iad díreach,
 'S gu'm bi 'n fhirlín a chanadh iad ;
 'S mór ar call re Rígh Deorsa,
 O'n a thoisich a charraid so.

IX.

Chuaidh Gilespic a bhualadh,
 Thain' an luaithe na deannuimh air,
 Far nach fhaiceadh é naimhdean,
 'S craobhan arda 'gam folach air ;
 Thuit misneach na páirti
 A bha 'n la' sin ann caradh dhuit,
 Bha 'n taic air am fágail,
 'Nuair a bha thu gun anail ac'.

X.

'Nuair a thainig a ghásaid,
 Thug fios do bháis thairis duinn,
 Bu mhuladach, cráiteach,
 Do bhrathair, 's do phearuichead ;

Do

Do chleamhnun gu 'h áraid,
 'S do chairdean a bharrachd orr' ;
 'S bu mhór an cin-fáth air,
 'S 'nu bha air an aire-fin.

XI.

Bha thu maith ann ám fiochaint,
 Gu siobhalta, farasta,
 Cho-uafal ad' inntin,
 'S gu'm bu ghrinn gach ni chanadh tu ;
 Mar bu dual duit ód shins'reachd,
 Thaobh gach linn a chuaidh tharud diu,
 Cruaith a sheusamh na láruch,
 'S bhi bláth an ám caruinis.

XII.

Bu tu maighisdir na tuatha,
 'S an deagh uachdaran fearruin,
 Ann ám paighe dhuit císean,
 Cha bhiodh díth air do theanandan ;
 'Stu nach sealladh gu míothur
 Air an ni thoirt a dh'ain-deoin uap',
 'Se bu mhianach led' inntin,
 Iad a chinntin mar raineach dhuit.


XIII.

Bu tu croidhe na feile,
 Ceann na ceil' is a cheanaltuis,
 Bu mhaith labhairt is leirfin,
 'Nám dhuit fein bhi meafg aithnichín,
 Sár phoiteir an fhione,
 Lamh dhioladh nan galan thu,
 Marcach sunntach eich cheumnaich,
 Bhuithneadh réis ann an cabhaig thu.

XIV.

'S an deireadh an' t samhraidh,
 Thug do naimhdean an aire dhuit,
 'Nuair a fhuair iad o'n champ thu,
 Air command a mhór challa dhuin,
 'S adhbhar mulad as campuir,
 Do gach aon duine dhearadh ort,
 Bhi cluinntin do bheusan,
 'S gun tu fhein a bhi mairtheán ac'.





O R A N XVI.

Cumha' Chailein Ghleanuir.

I.

S Maointean truagh a th'air m' aigne,
 Dh' fhág orm smuairean, is airsneul,
 Ann ám gluasad am leibidh,
 Cha chadal ach dúisg,
 Tha mo ghruaighean air seachda',
 Gun dion uair air mo rosguibh,
 Mu'n sgeul a chualas o'n Appuín,
 A għluais a chaismeachd 'ud duin',
 Fear Ghleanuir a dhí oirn',
 Le puthar luchd mio-rúin,
 Mo sgeul duthaich r'a innseadh
 Thu bhi 'd shíne' san úir,
 'S truagh gach duine do 'd dhílseen;
 O'n a chuaith do chorp príseil,
 Ann ciste chuthainn, chaoil, dionaich,
 'S ann an lín-anart úr.

B'e fin an corp áluin,
 'Nuair bha thu roimhe so 'd shláinte,
 Gun chion cumachd, no fás ort,
 Gu foinnimh, daicheil, deus, úr,
 Suairce, foisinneach, fáilteach,
 Uafal, iorasal, baidheil,
 Caoineil, cineadail, cairdeil,
 Gun chrón r'a gh'rait air a chúl,
 Lán do ghliocas, 's do leirsin,
 Gu dana, miofnachail, treubhach,
 Gach ait' an fir'teadh gu feum thu,
 'S ann leat a dh'eireadh gach cùis;
 B'e do choimeas an dreagan,
 Na 'n t feothag 'sna speuran,
 Co bu chosfach r'a cheile
 Ach iad fein agus tu ?

III.

'S cruaidh an teacair a thainic,
 'S truagh mar thachair an drásta,
 Nach do sheachuin thu 'n t áite,
 'N do ghlac am bás thu air thús ;
 Suas o chachuila gháruidh,
 Fhuair thu 'n tacaid a chráith mi,
 'S gun do thaic a bhi laimh riut,
 'Nuair ghabh iad fáth ort o'd chúl,

Air a thaobh 's thu gun chomhradh,
 San ám 'n do chaochail an deo uait,
 D' úil chraobhach, dhearg, bhoidheach,
 A gabhail dorta 'na brúchd,
 Le gniomh an amadain ghóraich,
 A bha gun aithne gun eolas,
 A chreic anam air stóras,
 Nach do chuir ann trócair a dhúil.

IV.

B'e 'n croidhe gun tioma, gun deisein,
 Gun ádh, gun chineas, gun cheataníh,
 A chuir lamh a'd mhille gun reasan,
 Le cion ceil' agus túir,
 'Se ghláic mar chomhairl' an eucoir,
 'S boc an gnothach mar dh'eirich,
 Dh'fhág é sinne fuidh euflain,
 Is e fein 'na fhear cúirn,
 'S ge nach sámhach a leibe,
 Le eagal a ghlacadh,
 Cha 'ne tha mi 'g acain,
 Ach mar a thachair do'n chuíis,
 An t armun deus, tlachdmhor,
 A tha 'n dráft' ann Ardchátain,
 An deis a cháramh an tasguidh,
 Ann éite codail nach dúifg.

V.

'Se do chadal gu sioruidh,
 A dh'fhág m' aigne cho tiomhaidh ;
 'S tric smaointeana diomhain,
 A tigh'n gu dian orm as úr,
 'S trom a dh'fhás orm an iargain,
 As goirte társa na 'm fiadhrus,
 Mo chomh-alt áluin, deus, ciatfach,
 An deis a reubadh gu dlú' ;
 Mile molachd do'n laimh sin,
 A ghabh cothrum is fáth ort,
 A thug an comas do'n lamhach,
 'Nuair chuir e 'n Spáinteach r'a fhúil,
 Sgeula foilleir a b' áil leam,
 Gu'n cluinnt' am follais aig cach,
 E bhi dol ri crommaig le fára,
 Gus am miosa dha-sa na dhuinn.

VI.

Ge b'e neach a rinn plót ort,
 Le droch dhúrachd o thoiseach,
 Bu dana chúis dha tigh'n ort-sa,
 Na do lota as úr ;
 Bha 'na rún bhi gu h olc dhuit,
 'S gun a chroidh' aig aodan a nochdadhl,

'S ann a thain' é fámhach mu'n chnoca,
 'S a ghabh ort socair o'd chúl.
 'S é mo dhiúthail a thachair,
 Ann ám do'n fhúdar 'ud lasadh,
 Nach raibh 'ad chairdean ann taic riut,
 Na bheircadh aicheamhail diú' ;
 'Sa liuthad fiuran deus, tlachdmhor,
 Nach gabhadh cúram ro' bhagra,
 A chuireadh smúid ris an Appuin,
 A chion gu'm faiceadh iad thu.

VII.

'S trom a pháigh finn an iobairt,
 A chuir ar namhaid a dhí oirnn,
 Ged' tha 'n aich'mhail gun díoladh,
 Thig fhathasd liordan mu'n chúis,
 Chuireas cás ann staid íosail,
 Airson an aileagain phriosail,
 Bh' ann fan áite mar fhírean,
 A chleachd firinn is cliu :
 'S boc an nuaidheachd r'a aireamh,
 Gur ann an nafguidh a tha thu,
 Nach d'thainic fhathasd mu'n chás 'ud,
 Na dheanadh ábhachd thoirt duinn,
 Ach air fhad 's gam bi' dálí ann
 Comh cheart 's tha mi 'g raite,

Bi'dh

Ei'dh an fhalachd 'ud paighte,
Mun d' theid an gamhlas air chúl.

VIII.

'S iad na fineachan laidir,
Bu mhaith a ghabhail do pháirti,
Ann Righ, is Diuc Earaghaidheal,
Nach fhaiceadh fáilinn ad' chuíis,
Iarlodh dligheach Bhraidealban,
Air thús a tighinn gun chearbuiich,
'S gur ioma' fear armach,
A sheas'adh calma r'a chúl ;
Mac Caoi 's a luchd leanmhuin,
Leis an eireadh suinn nach bu leanbuidh,
Na lacich buidhneach, mhór, mheamnach,
Le'n lanna ceann-bheartach, cíul ;
Mac Dhom'uil duith, 's cloinn Chamroin,
'S gu leoir a thighearnan ainmeal ;
'S fhad o'n chuala' finn seanchas,
Gu'n do dhearbh iad an cliú.

IX.


'S ghabh thu áite le órdugh,
Air páirt do Shrath-lochay,
'S cha b' ann air ghaol ftórais,
'Na los am pórfan thoirt diú' ;

Ach a sheusamh an córach,
 Le meud do cheisd air an t seors' ud,
 'S an oidhre dleasnach air fogra,
 G'am bu choir bhi sa' chuírt :
 'S ge do theireadh luchd faoineachd,
 Gu'n raibh 'd aire-sa daonan,
 Bhi sgainneart nan daoin ud,
 Na 'n leigeadh sgaoilteach air chúl,
 Chíteadh fhathasd a chaochla,
 Num fuighe tu saoghal,
 Gur é bhi tarruing luchd gaoil ort,
 As gach taobh, a bha 'd rún.

X.

Bu tu croidhe na feile,
 Dh' fhás gu tighearnail, ceut'ach,
 Ann lathair britheamh Dhuineidin,
 'S tric a reitich thu cùis ;
 'S oil leam caramh do cheud-mhna,
 'S óg a banstrach ad' dheidh i,
 Lion campar gu leir i,
 O'n a dheug a ceile deus, úr ;
 Fhuair mi 'n sealladh nach b' aoibhin,
 An uaigh mud' choinnimh 'ga reitich,
 'S truagh gach comman thug speis dhuit,
 O'n chuaidh tu fein ann fan úir,

'S gun dúil a nois' ri thu dh'eiridh,
 'Se dh'fhág mise fuidh eu·flain,
 Bhi 'n diu ag innseadh do bheusfan,
 'S nach d' thig thu dh'eisdeachd mo sgiúil.



O R A N XVII.

Oran do'n Bhrigis.

Air fonn, Sean Triuthas Uilleam.

SO tha na brigeis lia-ghlas,
 Am bliadhna cuir mulaid oirn,
 'Se 'n rud nach fhacas riamh oirn',
 'S nach mian linn a chumail oirn';
 'S na'm bitheamaid uile díleas,
 Do'n Ri' bha toirt cuiridh dhuinn,
 Cha 'n fhaichte finn gu dílinn,
 A striochda' do'n chulaidh fo.

'S olc an seol duinn, am Prionns' óg
 A bhi fuidh mhóran duilichin,
 Is Righ Deorsa a bhi chomhnuidh,
 Far 'm bu chóir dha tuineachas;

Tha

Tha luchd eolais a toirt sgeoil duinn,
 Nach raibh cóir air Lunduin aige,
 'Se Hanóbher an raibh sheorsa,
 'S coigrich oirn' an duine fin :
 'Se 'n Righ fin nach buineadh dhuinn,
 Rinn di-meas na dunach oirn' ;
 Mu'n ceannfaich é buileach finn,
 B'e 'n t ám dol a chumasg ris,
 Na rinn é oirnn a dh' an-tlachd,
 A mhi-thlachd, is a dh' aimhreit,
 Air 'n eudach thoirt gun taing dhinn,
 Le fain-neart a chumail ruin.

'So tha, &c.

Is o'n a chuir finn suas am brigis,
 Gur neo-miosail linn a chulaidh ud,
 G'an teannadh mu na h iofgannan,
 Gur triobloideach linn umain iad ;
 'S bha finn roimhe miosnachail,
 'S na breacain fuidh na criosan oirn'
 Ged' tha finn am bichiontas,
 A noise cuir nan sumag oirn',
 'S thur leam gur h olc an duais,
 Do na daoine chuaidh fa' chruadal,
 An aodaichean thoirt uapa,
 Ge do bhuaadhnuich Diuc Uilleam leo ;

Cha

Cha 'n fheud sinn bhi fulasach,
 O'n chaochail ar culaidh sinn,
 Cha 'n aithnich sinn a cheile
 Lá feile na cruinneachuidh.

'So tha, &c.

'S bha uair-eigin an t faoghal,
 Nach saoilinn gu'n cuirinn orm,
 Brigis airson aodaich,
 'S neo-aoidheil air duine é ;
 'S ged' tha mi deanamh úis deth,
 Cha d' rinn mi bonn fulais,
 Ris an deise nach raibh daimheil,
 Do'n pháirti g'am buinnin-sa ;
 'S neo-sheannfar a chulaidh i,
 Gur grannda linn umain i,
 Cho teann air a cumadh dhuinn,
 'S nach b' fheairde linn tuille i ;
 Bi'dh putain ann sna glúinean,
 Is bucalan g'an dúnadh,
 'S am brigis air a dhúbladh,
 Mu chulaobh a h uile fir.

'So tha, &c.

Gheibh sinn addun ciar-dhubh,
 Chuir dian air ar nullaichean,

Is casagan co' fhliógtá,
 'S a mhinicheadh muilean iad ;
 Ged' chumadh sin am fuachd dhinn,
 Cha 'n fhág é sinn co' ualach
 'S gu'n toilich é ar n uaiflean,
 Ar túath na ar cummando ;
 Cha taitin e gu brath ruinn,
 A choiseachd nan gleann-fasaich,
 'Nuair a rachamaid do dh'áiridh,
 No dh' áit' am biodh cruinneagan :
 'Se Deors' a rinn an ea-coir,
 'S ró-dhiomach tha mi fein deth,
 O'n thug é dhinn an éilidh,
 'S gach eudach a bhuiteadh dhuinn.

'So tha, &c.


'S bha h uile h aon do'n pharlamaid,
 Fallfaile le'm fiosrachadh,
 'Nuair chuir iad air na Caimbealaich,
 Teanndach nam brigisean ;
 'S gur h iad a rinn am feum dhoibh,
 A bhliadhna' a thain' an streachag,
 A h uile h aon diu dh'eiridh
 Gu leir am milisí dhoibh,
 'S bu cheannsalach, duineil iad,
 San ám an raibh 'n cumasg ann,

Ach 's gann doibh gu'n cluinnear iad,
 A champa cha tuille leis,
 O'n thug é dhinn an t aodach,
 'S a dh' fhág é sinn co-fhaontra'ch,
 'S ann rinn e oirn' na dh' fheudadh e,
 Shaoileadh é chuir mulaid oirn'.

'S o tha, &c.

'S ann a nois' tha fios againn
 An t iochd a rinn Diuc Uilieam ruinn,
 'Nuair a dh' fhág e sinn mar phriosanuich,
 Gun bhiodagan, gun ghunnachan,
 Gun chloidheamh, gun chrios tarrsuing oirn',
 Cha 'n fhuigh sinn pris nan dagachan,
 Tha command aig Sasun oirn',
 O smachduich iad gu buileach sinn ;
 Tha angar is duilichin,
 San ám so air ioma fear,
 Bha 'n campa Dhiuc Uilieam,
 Is nach fheaird iad gu'n bhuithinn é ;
 Nu 'n d' thigeadh oirn-ne Tearlach,
 'S gun eireamaid 'na champa,
 Gheibhte breacain chairneit,
 'S bhiodh aird air na gunnachan.

'S o tha, &c.



O R A N XVIII.

Marbh-rann coilich.

A N cuala fibh an t sealg;
 A bha ainmeal air feadh nam bailtean;
 Rinneadh i sán an-moch,
 'S cha b' fhear dhuinn i bhi sa mhadúin;
 O'n a' bha i clearbach
 Le dearbhadh, 'nuair chuaidh i seachad,
 Cumaidh sinn am foirm,
 Gu'n raibh'n dorch ann, 's nach fheudta faicfin.
 'S olc an obair oidhche,
 Le coinnlean, ged' theid an lasadh,
 Gunnairreachd dhaoin óga;
 'S i ghóraich a thug amach iad.

Chúal' iad fa h uil' aite,
 Am breamas a rinn Páraic,
 'Nuair a dh'innis é do chách é,
 Gu'n d' thainig an croinan lachdan,
 Bheireadh' é na bóidean.
 Gur mór é, 'sa bhroileach glas air,

Is gu'n do laidh é direach
 Air círein mulaich na h aitreibh.
 Mur cumadh a' chomhl' é,
 Gu'm biodh na h eoin air an sgapadh ;
 Nach mór a bhiodh beo dhiubh,
 Gu'n leon mu'n d' thigeadh a' mhadain

Sin 'nuair ghlac an sealgair,
 An gunna bh' air an ealchain,
 S chuir é luaith gharbh innte,
 Dairearach do'n acfuis Shas'naich :
 Chum é súd r'a shealbhan,
 'S gu'm b' fhearr gu'n rachadh i seachad,
 'S ann a rinn é marbhadh,
 A b' ainmic a leithid fhaicfin.
 'Nuair a las-am fúdar,,
 'S é 'n déil gu'n dianadh é thapadh,
 'Se coileach an dúnain,
 A bha 'n a chrúban fa chlappail.

B' é sin an coileach boidheach,
 Bha cuid air siamh an óir dheth,
 Cuid eile mar na rófan,
 'S bha móran de: h mar an sneachda.
 'S bu leathan a chrógan,
 B' é 'n smógaирneach é air faithche,

Bu ro-mhaith na bótan,
 An rómaich' a bh' air a chosan ;
 Bha spuir air a spógan,
 Bha cór a dh'ionnuidh a' ghleachdaidh,
 'Nuair a thigeadh Di-máirt',
 A bhiodh cách a' feuchain an gaisge.

B' é sin an coileach ceutach,
 Bha colfach ris a' pheacaig,
 'S an uair a chuaidh a reubadh,
 B' é 'n déisean leam bhi 'ga fhaicin,
 Cha leighiseadh leigh é,
 'Sa chreuchdan a' dol am braisead,
 Tonnan g'a fhuil chrao'aich,
 A taomachadh as a chraicean.
 An t sealg a rinn na daoine,
 Gun saoireachadh fad' air astar,
 Gun uchdach a dhíreadh,
 Ach eidir a ghriósach 's an stairsneach.


'S an dithisid thug am bínne,
 'S a dh' thág e sin 'na shíneadh,
 B' é 'm breitheamh rinn a dhíeadh
 'S b' é 'n giomanach rinn a leagadh,
 'S cha 'n fhágadh iad shios é,
 Nam fuigheadh é sírian is ceartas ;

Cha d'rinn é riamh ea-coir,
 'S deadh bheusan aige mar fhasan.
 Theannadh é re eigheach,
 Gu h eifeachdach 's finn 'nar codal,
 Is dhúisgeadh é gu leir finn,
 'S gu'n cireamaid ann sa mhadain.

Chuaidh litir a Shrath-eirion,
 A dh' ionnsuidh inghean Sheumais,
 A dh' innseadh ceart an sgeula,
 Do'n té dhiubh air am bheil Sesi.
 Gu bheil finn fuidh champar,
 O'n ám an d' thainig an sneachda,
 Mu'n choileach a chaill finn,
 A's gann a dh' fheudar a sheachnad,
 O's té nach 'eil teann i,
 'S nach ganndar a rinn i chleachdad,
 Gu'n dean i ruinn fábhóir,
 O's ámhaist rud a bhi aice.

Beannachd aig an righbhin,
 A bha gu suairce siobhailt,
 Nach do leig air di-chuimhn',
 An sgriobha fin a chuir dha-thigh ;
 'S chuir i gill 'an tír so,
 Le fioltaiche do na cearcán,

'S ghiulain é gu riomhach,
 A ghibht phríosail ud na achlais.
 Tha dreach an fhir a dh' fhág fínn,
 A fás air an fhearr a th' againn,
 'S o'n tha e na áite,
 Saoilidh **cách** gur h é mhac é.



O R A N XIX.

Oran, mar gun deanadh Nian é do Niain-eile.

CHuir nian du' Raineach orm' farran is mi-thlachd,
 Nach cuir mi dhiom le cabhaig an dráist,
 Ghaoid i mo sporran, 'sna dollair gu lionmhor,
 Bh' agam fur 's niosal fea thamh re m' laimh.

Ghaoid i mo sporran, &c.

Nam biodh a chail 'ud gu daingeann am
 príosan,
 Rachuinn g'a diteadh dh'ionnsuidh a bháis;

A chion gu'n do ghaoid i 'n rud beug bha sá'
chlúdan,

Bh' agam sa' chuíl nach d' innis mi chách.

A chion, &c.

'S muladach misé gun fhios ciod é ni mi,
O'n a tha mi gun searrach, gun lair,
Gun chaora, gun oísg, gun ghabhar, gun mhí-
feach,

Gun a mart mín a chraoimeas am blár,

Gun chaora, &c.

Cha raibh mi gun airgiod gus an d' fhalbh e
mi-mh'ail,

Leis an te chrion nach do sheal air mo chás,
Rinn i mo chreachadh 's bu pheacach an ní
dhi',

Mis 'a chuir fios, gun i fein chuir a naird.


Rinn i mo, &c.

Ciomar a cheanuichead mi camruig na síde,
Na 'n leig mi dhiom é tuille gu bráth ;
Ged' thig a marsant le phachda do'n tir,
Cha 'n fhaigh sinn aon sión bhios aige air dáil.
Ged' thig, &c.

Bha mho chuid stórais am phoca co-ual-lach,
 'S ged' a bhiodh buaile mhart air mo sgáth,
 'Si rinn an eu-coir a bheisid a thug uam é,
 'S tha mi fu' ghruaim 'o mhaduin Di-mairt.
 Si rinn an eu-coir, &c.

A righ nach raibh mairlich na cearna fo 'n rioghachd,
 Ann fa mhuir iosail, fada 'o thráigh ;
 Is caile dhuth Raineach san eummain an iochdar,
 Chuideacha bi' do phartan nan spág.
 As caile dhuth, &c.





O R A N XX.

Oran Bein-Dourain.

I.

AN t urram thar gach bein
 Aig Bein-dourain,
 Do na chunnaic me fuidh 'n ghrein,
 Si bu bhoidhche leam,
 Monadh fadadh, réidh,
 Cuilidh 'm fuighte féidh,
 Soilleireachd an t sleibh,
 Bha mi sonruchadh,
 Doireachan nan geug,
 Coill' ann sám bi feur,
 'S foineasach an spreidh,
 Bhios a chomhnuidh ann ;
 Greadhainn bu gheal céir,
 Faoghaid air an deigh,
 'S laoghach leam an freud,
 A bha froineisfeach.

'S aigeannach feur ea-trom,
 Gun mhór-chuis,
 Theid fasanda na eitidh,
 Neimh-spórsail,
 Thá mhanntal uime fein,
 Caidhliche nach treig,
 Brattach dhearg mar cheir
 Bhios mar chomhdach áir ;
 'S culuidh g'a chuir eúg,
 Duin' a dheanadh teúchd,
 Gunna bu mhaith gleús,
 Ann glac óganaich,
 Spor ann sam biodh bearn,
 Tarran air a ceann,
 Snap a bhuaileadh teann
 Ris na h orduibh i ;
 Ochdshlísneach gun fheall,
 Stoc do'n fhiodh gun mheang,
 Lotadh an damh seang,
 Is a leonadh é.

'S fear a-bhiodh mar cheaird,
 Riu' sonraichte,
 Dh' fhadhnaidh dhoibh gun taing,
 Le chuid scolanna ;
 Gheibhte sud re ám
 Padruic ann sa' ghleann,

Gillean as coin sheang,
 'S é toirt orduibh dhoibh ;
 Peileirean nan deann,
 Teine g'an cuir ann,
 Eilid nam beann árd,
 Theid a leonadh leo.

II.

'Si 'n eilid bheag, bhinneach,
 Bu-ghunuiche fraonadh,
 Le cuinnein geur, biorach,
 A fireadh na gaoithe,
 Gasganach, speireach,
 Feadh chreachan na beine,
 Le eagal roimh theine,
 Cha teirin i a h aonach ;
 Ge do theid i na cabhaig,
 Cha ghearain i maothan ;
 Bha finnsireachd tallain,
 'Nuair a shíneadh i h annail,
 'S toil-inntin leam tannasg,
 G'a lanngan a chluinnntin,
 'Si 'g iarraidh a leannain,
 'N ám darraidh le caoi'neas,
 'S é damh a chin alluidh
 Bu gheal-cheireach feaman,

Gu caparach, ceann-árd,
 A b' fharumach raoiceadh,
 'S é chomhnuidh 'm Beinn-dourain,
 'S é eolach m'a fraoinibh.

'S ann am Bein-dourain ;
 Bu mhór dhamh r'a innseadh,
 A líuthad damh ceannard,
 Tha fanntuin fan fhrí ud,
 Eílid chaol, eangach,
 'S a laoighean 'ga leantuin,
 Le 'n gasgana geala,
 Re bealach a díreadh,
 Re fraoidh choire-chruiteir,
 A chuideachda phíceach :
 'Nuair a shíneas i h iongan,
 'S a theid i 'na deannaibh,
 Cha saltradh air thalamh,
 Ach barra nan ínean,
 Co b'urain g'a leantuin,
 A dh' fhearaibh na rioghachd?

'S araideach, fárumach,
 Carach air gríne,
 A chóisri nach fhanadh
 Gné smal air an inntin,

Ach

Ach caochlaidheach, curaideach,
 Caol-chasach, ullamh,
 An aois cha chuir tru'm orra;
 Mulad, no mí ghion ;
 'Se shlánuich an culaidh,
 Feoil mháis, agus mhuineil,
 Bhi támhachd am bunaitl,
 Ann cuilidh na fríthe,
 Le áilleas a fuireach,
 Air fásach 'n an grunnaibh,
 'Si 'n ásfain a mhuime,
 Tha cumail na cíche
 Ris na laoigh bhreaca, bhallach,
 Nach meathluich na fiannta,
 Le 'n criodhacha meara
 Le bainne na cipe,
 Groiseanach, eangach,
 Le 'n girteaga geala,
 Le 'n corpanna glanna,
 Le fallaineachd fior-uifg ;
 Le farum gun ghearan,
 Feadh ghleannan na milltich ;
 Ge do thigeadh an sneachda
 Cha 'n iarradh iad 'aitreabh,
 'S é lag a choir'-altrum
 Dhios aca g'an-dionadh,

Feadh

Feadh stacan, is bhacan,
 Is ghlacaga díomhair,
 Le 'n leapaichean falgathach,
 An taic Ais-an-tíain.

III.

B' ionmhuin leam ag eirigh,
 San óg-mhaidin,
 Timchioll air na fleibhteann,
 'M bu chóir dhoibh bi',
 Cupal chunntas cheud,
 Luchd nan ceann gun chéill,
 A' mosgladh gu neo-beudar,
 Mór shólasach,
 Is oscarra o'm beul,
 Tomain focair, reidh,
 'S glan an corp, 's an cré,
 Sein an dreócam ud,
 Broc-liath chorragh eild',
 An lod g'a loireadh theid,
 Cuid g'a h araid fhein,
 'Nuair bu deonach lea'.

'S annfa leam 'nuair theid,
 Iad air chrónanaich,

Na na th' ann an Eirinn
 Do cheolmhaireachd.
 'S binne na gach beus
 Anail mhic an fhéidh,
 A' lannganuich air eudan
 Beinn-dourain ;
 An damh le bhúireadh fein,
 Tigh'n a grunnd a chléibh,
 'S fhad' a chluinnt' a bheuchd
 Ann ám tóifeachaidh ;
 An t agh a's binne geum,
 'S an laogh beug 'na deigh,
 Freagraidh iad a chéile
 Gu déothasach.

Plosc-fhúil mheallach, gheur,
 Gun bhonn glóinin innt' ;
 Rosg fuidh mhala léith
 Cumail seoil orra ;
 Coisiche maith treuñ,
 Bu bheothaile a theid,
 Air thoifeach an treud
 A bha dóchasach.
 Cha raibh coir' a'd' cheum,
 'S cha raibh moill' a'd' leum,

Cha raibh deire réis
 Aig an t seorsa sin ;
 'Nuair bheireadh tu steud,
 'S nach sealladh tu d' dheigh,
 Cha b' aithne dhamh fein
 Co bhiodh cómhlúath riut.

IV.

Cha b'aithne dhamh co leanadh i
 Do dh'fhearuibh na Roinn-eorpa,
 Mur faiceadh é deadh ghean orra,
 'S tigh'n farasda 'na co'-dhail,
 Gu faiteach bhi 'na h earalas,
 Tigh'n am faigse dhi mun caruich i,
 Gu faicilleach, gle earraigeach,
 Mu'm fairich i 'ga cóir é ;
 Feadh shlochd, is ghlac, is chamhanan,
 Is chloch a dheanadh folach air,
 Bhi beachdail air an talamh,
 'S air a' char a thig na neoil air ;
 'S an t asdar bhi 'ga tharruing air
 Cho-macanta 's a b' aithne dha,
 Gu'n glacadh é ga h aindebin i
 Le h anabharra seoltachd ;
 Le túr, gun ghainne baralach,
 An t fúil a chuir gu danara,

A' stiúbhra' na du'-bannaiche,
 'S a haire ri fear-cróice ;
 Bhiodh rúdan air an tarruing
 Leis an lúbt' an t iarun-earra,
 Bheireadh ionfuidh nach biodh mearachdach
 Do'n fhear a bhiodh 'ga feóladh ;
 Spor úr an déis a teannachadh,
 Buill uird a' sgailceadh daingean ris,
 Cha diúlt an t strad, 'nuair bheanas i
 Do'n deannaig a bha neónach :
 'Sé 'm fúdar tioram teann-abaich
 Air chúl an asgairt ghreannaich,
 Chuireadh smúid ri acfinn mheallanaich
 A baraille Nic-Cóiseam.

'Si 'n teachdoire bha deallasach
 Nach mealladh é 'na dhóchas,
 'Nuair a lasadh i mar dhealanach,
 Gu fear-eigin a leónadh :
 Gu silteach leis na peileirean,
 Bhiodh luchd nan luirgneadh fheireacha,
 'S nan bus bu tirme bheilleanaich,
 Gun mheilliche, gun tóicean.
 'S é camp na craige-seiliche
 Bha ceannsalach 'nan ceireannaibh ;
 Le aingealtais cha teirinn iad
 Gu eirear' as an cólas,

Mur ceannsaichead iad deireasach,
 Re ám an críche deireannaiche,
 'Tabhunnaich le deifir
A bhi teilin air an tórach ;
 Gun channtaireachd, gun cheilearachd,
 Ach dranndail chonn a' teilleis ria,
 A ceann a chur gu peirealais
 Aig eilid Beinne-dourain.

V.

Tha 'n eilid ann san fhrí
 Mar bu chóir dhi bhi,
 Far am suigh i millteach
 Glan-feórnaineach :
 Bruchorachd is cíp,
 Luisean am bi brigh,
 Chuireadh sult is igh
 Air a lóineinibh.
 Fuaran ann 's am bi
 Biolaire gun díth,
 'S milse lea' na 'm fion,
 'S é gu'n óladh i.
 Cuiseagan is riasg,
 Chinneas air an t fliabh,
 B' annsadh lea' mar bhiadh
 Na na fóghlaichean.

'S ann do'n tiochd-an-tír
 A bha sóghar lea',
 Sobhrach is eala-bhi
 'S bara neónagan :
 Dobhrach bhallach, mhín,
 Ghobhlach, bharrach, shliom,
 Lóintean far an ciinn
 I 'na móthraighean.
 Súd am pórsan bídh
 Mhéudaicheadh an clí,
 Bheireadh iad a níos
 Ri ám dó-lith'chean :
 Chuireadh air an druim
 Brata faille cruinn,
 Air an carcais luim
 Nach bu lódail.

B' é sin an caidreamh grinn
 Mu thrá' nóine,
 'Nuair a thionaladh iad cruinn
 Ann fa' ghlómuin :
 Air fhad 's gu'm biodh an oidhch',
 Dad cha d' thigeadh ribh,
 Fasgadh bhun an tuim
 B' áite cómhnuidh dhuibh.

Leapaichean

Leapaichean nam fiadh,
 Far an raibh iad riamh,
 Ann aonach farfaing fial,
 'S ann am mór-mhonadh.
 'S iad bu taitneach fiamh,
 'Nuair bu daithte am bian,
 'S cha b'i 'n airc am miann,
 Ach Beinn-dórain.

VI.

A bheinn luiseanach, fhailleanach,
 Mheallanach liontach,
 Gun choi'-meas 'ga falluing
 Air thalamh na Criosd'achd ;
 'S ro-neónach tha mise,
 Le boidhchead a fliosa,
 Nach 'eil cóir aic' ann ciste
 Air tiotal na rioghachd :
 'S i air dúbladh le gibhtibh,
 'S air lúisfreadh le miosaibh,
 Nach 'eil bichiont' a' bristeadh
 Air phriseanaibh téire :
 Lán trusgan gun deireas,
 Le usgruichean coille,
 Bar-guc' air gach doire,
 Gun choir' ort r'a innseadh ;

Far an uchd-ardach coileach,
 Le shriutaichibh loinneil,
 'S eoin bhuchalach bheag' eile
 Le'n ceileiriöbh lionmhor.
 'S am buicean beag sgiulta,
 Bu sguibealt' air gríne,
 Gun sgiorrhadh gun tubuist',
 Gun tuisleadh gum díobradh,
 Crodhanach biorach
 Feadh coire 'ga shireadh,
 Feadh fraoch agas firich,
 Air mhireadh 'ga dhíreadh ;
 Feadh rannoich is barraich.
 Gu'm b' araideach inntinn,
 Ann an íosal gach feadain,
 'S air áirde gach creagain,
 Gu mireanach, beiceafach,
 Easgonach sínteach.
 'Nuair a theid é 'na bhoile
 Le clisge fa' chouille,
 Is é ruidh feadh gach doire,
 Air dheireadh cha bli é.
 Leis an eangaig bu chaoile
 'S é b' ea-truime sínteag,
 Mu chnocanaibh donna
 Le ruidh dara-tomain,

'S é togairt ann coinniumh
Bean-chomuinn os 'n iofal.

Tha mhaoisleach beag bhranngach,
Sa' ghleannan a chómhnuidh,
'S i fuireach san fhireach
Le minneinean óga :
Cluas bhiorach gu claireachd,
Súil chorragh gu faicinn,
'S i earbsach 'na casaibh,
Chur seachad na móintich.
Ge do thig Caoilte 's Cuchullin,
'S gach duine do'n t seórs' ud,
Na tha dhaoine 's dh' eachaibh,
Air fasta' Righ Deórsa,
Nan tearnadh a croicean
O luaithe 's o lasair,
Cha chual' is cha 'n fhac' i
Na ghlacadh r'a beo i ;
'S i grad-charach, fad-chosach,
Aigionnach neónach,
Geal-cheireach gasganach,
Gealtach roi' mhadadh,
Air chaisead na leachdain
Cha saltradh i cónhnard,

'Si noigeanach, groigeasach,
 Gog-cheannach, sörnach :
 Bior-shúileach, sgur-shuileach,
 Frionasach, furachair,
 A fuireach' fa' mhonadh,
 Ann do thuinich a seórsa.

VII.

B'i sin a' mhaoisfleach luaineach,
 Feadh óganan ;
 Biolaichean nam bruach
 'S áite-cómhnuidh dh'i,
 Duilleagan nan craobh,
 Bileagan an fhraoich,
 Criomagan a gaoil,
 Cha b'e 'm fótrus.
 A h aigneadh ea-trom suairc,
 Aodhach ait gun ghruaim,
 Ceann bu bhraile, ghuanaiche,
 Ghóraiche ;
 A' chré bu cheanalt' stuaim,
 Chalaich i gu buan
 Ann gleann a' bharaich uaine
 Bu nónaire.

'S tric a ghabh i cluain
 Sa' chreig mhóir,
 O'n is miosail leatha bhi luan
 Is a dhómhnach ann :
 Pris ann dean i fuain
 Bichionta m'an cuairt,
 A bhristeas a' ghaoth tuath,
 'S nach leig deo orra,
 Am fasgadh doire-chró,
 Ann taiceadh ris an t fróin,
 Am meafg nam faillean óg
 Is nan cófagan.
 Masgadh 'n fhuarain mhóir,
 'S é pailte gu leór,
 'S blasda lea' na bheoir
 Gu bhi póit orra.

Deoch do'n t fruthan uafal
 R'a ól aice,
 Dh' fhágas fallain fuasgailteach
 Ogail i :
 Grad-charach re uair,
 'S eathlamh bheir i cuairt
 Nuair thachaireadh i'n rúraig
 'S a bhiodh tóir orra.

'S mao-bhuidh daitht' a fnuagh,
 Dearg a dreach is a tuar,
 Is gur a h iomadh buaigh
 Tha mar chómhluath orra ;
 Fulangach air fuac,
 Is i gun chum' air luathas ;
 Urram claireachd cluas
 Na Rinn-Eorpa dh'i.

VIII.

'S O ! b'ionmhuinn le fir cheanalta,
 Nach b'aithnealach mu spórsda,
 Bhi timchioll air na bealaichibh
 Le fearalachd na h óige :
 Far am bi na féidh gu farumach,
 'S na fir 'nan deigh gu caithrifeach,
 Le gunna bu mhaith barrandas
 Thoirt aingil 'nuair bu chóir dhi ;
 'S le cuilean foirméal togarrach,
 'G am biodh a stiuir air bhogadan,
 'S é miol'airteich gu sodanach
 'S nach ob é dol 'n an cómhdhail ;
 'Na fhurbuidh láidir cosgarrach,
 Ro-inntinneach, neo-fhoiseanach,
 Gu guineach, sgiamhach, gob-easgaidh

San obair bh' aig a sheórsa ;
 'S a fhrioghan cuilg a' tog'ail air,
 Gu maildheach, gruamach, doi-chiallach,
 'S a gheanachan cnuasaichd fosgait',
 A' comh-bhogartaich r'an sgórnan.

Gu'm b' araideach a' charachd ud,
 'S bu chabhagach i 'n cómhnuidh,
 'Nuair a shíneadh iad na h ionganan
 Le h athghaoraid na móintich ;
 Na beanntaichean 's na bealaichean
 Gu'm freagradh iad mac-thalla dhuit,
 Le fuaim na gairme gallanaich
 Aig farum a' choin rómaich :
 'Gan tearnadh as na mullaichibh
 Gu linnichean nach grunnaich iad,
 'S ann a bhitheas iad feadh na tuinne
 Ann san luineinich is iad leointe,
 'S na cuileinean gu fulasgach
 'G an cumail air na muneilibh,
 'S nach urrain iad dol tuilleadh as,
 Ach fureach, 's bhi gun deó annt'.
 'S ge do thubh'rt mi beagan riu,
 Mu'n innfinn uile an dleasdanás orra,

Chuireadh

Chuireadh iad a' m' bhreifdlich m̄
De deisimearachd chómhraidh.

IX.

'S am mona' farfaing faoin
Glacach, frónagach ;
Lag a' choire fhraoich
Cuid bu bhóidhche dheth.
Sin am fearan caoin
Air an d'fhás an aoidh,
Far am bi na laoigh
'S na daimh chróicach ;
Is é deisearach re gréin,
Seafgoireach g'a reir,
'S neo-bheag air an eildeig
Bhi chómhnuidh ann.
Leannan an fhir léith,
Is farumaiche ceum,
Nach iarradh a' chléir
A thoirt pósaidh dhoibh.
'S glan fallain a cré,
Is banail i 'na beus ;
Cha raibh h anail breun,
Ge b'é phógadh i.

'S é 'n coire chosainn gaol
 A h uil' óganaich,
 A chunna' riamh a thaobh,
 'S a ghabh eólas air :
 'S lionmhór feadan caol
 Air an eirich gaoth,
 Far am bi na laoich
 Cumail cómhádhalach.
 Bruthaichean nan learg
 Far am biodh greidh dhearg,
 Ceann-uithe gach sealg
 Fad am beo-shlaint' ;
 Is é lán do'n h uile maoin,,
 A thig amach le braon ;
 Fáile nan fúgh-craobh,
 Is nan rósan ann.

Gheibhte tachdar éisg
 Air a córsa,
 Is bhi 'gan ruidh le leus
 Ann sna móir-shruithean ;
 Mordha cumhann geur,
 Le chrann giuthais fhein,
 Aig fir shubhach threubhach
 'Nan dórnáibh :

Bu sholafach a' leum
 Bric air buinne réidh,
 A' ceapadh chuileag ea-trom
 'Nan dorlaichean.

Cha 'n'eil muir no téar
 A' bheil tuille' brígh
 'S tha feadh do chrích
 Air a h órduchadh.

X.

Bu ghrinn leam am pannal
 A' tarruing ann órdugh,
 A' díreadh le farum
 Ri carraig na fróine.
 Eidir sliabh craobh-na-h-ainnis,
 Is beul choire-dhaingein
 Bu bhiadhchar greidh cheann ard
 Nach ceannaich am pór-san;
 Dá thao' choire-rannoich
 Mu sgéith fin a' bhealaich,
 Coire réidh Beinn-Achaladair
 Is thairis mu'n chonn-lon :
 Air lurgain-na-laoidhre
 Bu ghreadhnach a' chóisri,
 Mu lárach-na-feinne
 'S a' chraig sheilich 'na dheigh fin,


Far an cruinnich na h eildean
 Bu neo-speiseal mu'n fhóthlach :
 'S gu'm b' é 'n aithir is an aoibhneas
 Bhi faicheachd air réidhlein
 A' comh-mhaenus ri chéile
 'S a' leumnaich feadh móintich ;
 Ann am pollachaibh daimseir
 Le sodradh gu meamnad,
 Gu togarrach mearrachdasach,
 Ain-fheasach górách.

'S cha bhiodh íot air an teangaídh
 Tao' shios a' mhill-teanail,
 Le fíon-uillt na h Annaid,
 Blas meala r'a ól air :
 Sruth bríoghmhar geal tana
 'S é síothlagh roimh 'n ghaineamh ;
 'S é 's milse na 'n cainneal,
 Cha b' ain-eolach oirn' é.
 Súd an íoc-shlainte mhairtheann,
 A thig a íochdar an talamh,
 Gheibhte lionmhoireachd mhaith dhith
 Gun a cheannach' le storas ;
 Air fáruin na beinne
 Is dáicheala fealla',

A dh'fhás ann sa' cheithreamh
 A' bheil mi 'n Rinn-Eorpa ;
 Le gloinid a h uisge,
 Gu mao-bhlafda brisg-gheal,
 Caoin, caomhail, glan, measail,
 Neo-mhisgeach re pól' air :
 Le fuaranaibh grinne
 Am bun gruamach ná biolair',
 Cóineach uaine mu'n iomall,
 Is iomadach seórsa.
 Bu ghlan uachdar na linne
 Gu neo-bhuaireasach milis,
 Tighn 'na chuartaig o'n ghrinneal
 Air slinnein Beinn'-dórain.

Tha leith-tao' na leachdain
 Le mais' air a cómhdach,
 'S am fri'-choirean creagach.
 'Na sheasamh g'a chóir sin.
 Gu stobanach stacanach,
 Slocanach laganach,
 Cnocacach crapanach,
 Caiteanach rómach ;
 Pasgainneach badanach,
 Béachlagah boidheach :

A h aiseiridhean corrach
 'Nam fafraichibh mollach,
 'Si b'afadh dhamh mholladh,
 Bha sonas gu leoir orra :
 Cluigeanach gucagach,
 Uchdanach cómhnard,
 Le díthean glan ruiteach
 Breac míseanach fultmhor :
 Tha 'n fhri air a busgadh
 San trusgan bu chóir dh'i.



Ó R A N XXI.

Oran do Chéile.

I.

A Mhárai bhán óg, 's tu 'n óigh th'air m'aire,
 Re'm bheo bhi far am bithinn fhein ;
 O'n fhuair mi ort cóir cho-mór 's bu mha' leam,
 Le pósadh ceangailt' o'n chléir,
 Le cúmlhnanta teann, 's le banntaibh daingean,
 'S le snaim a dh'fhanas, nach tréig :
 'S é t fhaotain air láimh le grádh gach caraíd
 Rinn fláinte mhairtheann a'm' chré.

'Nuair

II.

'Nuair bha mi gu tinn 's mi 'n cinnseal lean-
 Gun chinnt co theannadh rium fhein, [nain,
 'S ann a chunna' mi'n óigh air bord tigh-leanna,
 'S bu mhóthar ceanalt' a beus:
 Tharruing mi suas ria, 's fhuair mi gealladh
 O'n ghruagaich bhanail bhi 'm reir :
 'S mife bha zobhach t fhaotain marrum,
 'S crobh-laoigh a' bharain a'd' dheigh.

III.

Maduin Di-luain, ge buan an t flighe,
 'Nuair ghluais mi ruidhinn mar ghaoth,
 A dh' fhaicinn mo luaidh 's rud uainn' nar di-
 Nach dual da rithist gu'n sgaoil; [thist
 Thug mi i 'n uaigheas uair a bhruithinn,
 'S ann fhuair an inghean mo ghaol, [eadh
 Is chluinneadh mo chluas an fhuaim a bhith-
 Aig luathas mo chroidhe ri'm thaobh.

IV.

'N sin nuair chuir Cupid an t uldach a'm'
 G'a shaighdean corranach caol, [bhroileach,
 A dhrúith air mo chuislean, a chuir luchd air
 mo cholluinn,
 Leis an do thuit mi ge b'oileam 's gu'n d'aom,

Dh'innis mi sgeul do'n té rinn m'acain,
 Nach léigh a chaifgeadh mo ghaoid;
 'Sé leighis gach creuchd, i fhein le feartan
 A theachd réidh a'ni' ghlacaibh mar shaoil.

V.

Bheir'inn mo phóg do'n óg-mhnaoi shomult',
 A dh' fhás gu boinneanta, caoin,
 Gu mí'leant, cómhnard, féocail, foinneamh;
 Do chómhradh gheibh mi gu faor.
 Tha mi air sheóil gu leoir a'd chomain,
 A mhoid 'fa chuir thu gu faoin
 Do m' smaointean górách, próis nam boireann-
 'S cóir dhamh fuireach le h aon. [nach]

VI.

Chuaidh mi do'n choill' ann raibh croinn as
 Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt, [gallain,
 'S bha miann mo shúl do dh'fhiúran barruicht'
 Ann diú's nam meangana suas,
 Geug fu' bhlá' o bár gu talamh,
 A lúb mi farrasda nuas:
 Bu doilich do chách gu bráth a gearradh,
 Is é 'n dán damh 'm faillean a bhuan.

VII.

Shuidhich mi líon air fior-uifg tana,
 'S mi stri' 'ga tharruing air bruaich,
 'S thug mi le sgríob air thír a' ghealag,
 'S a líth mar eal' air a' chuan;
 'S toilicht' a dh'fhag é 'n lá sin m' aigne,
 An roinn a bh'agam san uair;
 B'i coi'meas mo cheud mhna' reult na maidne,
 Mo chéile codail 's mi 'm shuain.

VIII.

'Sé b'fhafan leat riamh bhi ciallach banail.
 Ri gniomh, 's ri ceanal mna-uaisl';
 Gu páirteach, báigheal, blá, gun choire,
 Gun ghíomh, gun ghoinne, gun chrúas,
 Gu déirceach, daontach, failidh, farrusd',
 Ri daoine fanna, boc, truagh;
 Is tha mi le'd sheól, ann dóchas ro-mha',
 Gur lón a d' anam do dhuais.

IX.

Chuir mi air thús ort iúl as aithne,
 Le fúgra' ceanalta, suaire,
 'S 'nuair theannain riut dlú', bu chúraidh'
 Na úbhlan meala 'gam buain: [d' anail
Clia

Cha bhiodh sgeul rúin air grunnd mo stamaic,
 A b' fhiu, nach mealladh i uam ;
 Nan cuireadh i cùl riem 's diulta' baileach,
 Bu chúis damh anart as uaigh.

X.

'S ann thog i mi 'm pris o'n tiom so'n uraidh,
 An ní 'san urrain a fhuair,
 'Sguab do'n íre fhíor-ghloin chruineach,
 An síol a's urramach buaidh.
 Sin na chuir mi co-ríomhach umad ;
 Bha d'inntin bunailteach buan :
 Líonadh do sgiamhachd miann gach duine,
 Ann dreach, fiadh, ann cumachd, 's ann
 fnuagh.

XI.

Do chuach-fhalt bán air fás cho-barail,
 'Sa bhár lán chamag as dhual ;
 'T aghaidh ghlan, mhálta, nárrach, bbanail,
 Do dhá chaol mhalaidh gun ghruaim ;
 Súil ghorm, líontach, mhín-rosg, mheallach,
 Gun díth cur fal' ann a'd' ghruaidh,
 Deud geal íobhraidh díonach, daingean,
 Beul bídh nach canadh ach stuaim.

Shúibhladh

XII.

Shiúbhladh tu fásach áiridh glinne
 'San áit' an cinneadh an spréidh,
 G' am bleothan mu chró, 's bhi chóir na h innis,
 Laoigh óg a' mireadh 's a' leum ;
 Cha mhiosfa do lámh 's tu láimh re coinnil
 Na 'n seómar foilleir ri gréin,
 A' fuaidheal 's a' faithmeadh bhann as phionar,
 Ann ám chur grinnis air greus.

XIII.

Do chneas mar an éiteag glé-ghlan, fallain,
 Corp seamh mar chanach an t sléibh ;
 Do bhráigh co-mhín, 's do chiochan corrach
 Is iad líontach, soluist le chéil' :
 Gaoirdeine tlá' geal láimh na h ainnir,
 Caol mheoir, glac thana, bas réidh ;
 Calpa deas úr, troigh dhlú' 'm bróig chuimir
 Is lúthar inealta ceuin.

XIV.

'S ann fhuair mi bhean chaoin aig taohb
 Mhám-charaidh,
 'Sa gaol a'm' mhealladh o'm cheill' ;
 Bha do chroidhe dhamh faor, 'nuair dh'fheud
 mi tharruing ;
 Cha b'fhaoin damh bhar'ail bhi d' reir :


'S ioma' fuil usual, uai'reach, fharumach,
 Suas ri d' cheann-aghaidh fhein,
 Gad' chumail am pris an Righ 's MacAilein,
 'S tu shiol nam fear a bha 'n Sléit'.

XV.

'S nam faighinn an drást do cháramh daingeann
 Ann áite faluith o'n eug;
 Ge d' thigeadh é d' dháil, as m' fhágail falamh
 Cha b' áill leam bean eil' a'd' dheigh :
 Cha toir mi gu bráth dhuit dranndan teallaich,
 Ma'n árdaich aileag do chléibh,
 Ach rogha' gach márain grádh as furan,
 Cho-blá' 'sa b'urrain mo bheuk.

XVI.

Dheanuinn duit ceann, as crann, as arrachd,
 An t-ám chur ghearran ann éil,
 Is dheanainn mar chách air tráigh na mara,
 Chur áird air mealladh an éisg :
 Mharbhainn duit geoidh, as róin, as eala,
 'S na h eoin air bharra nan geug,
 'S cha bhi thu ri d' bheo gun seól air aran,
 'S mi chómhnuidh far am bi féidh.



O R A N XXII.

Oran do leanabh-altrom.

SEABAL óg an ór-fhuilt bhuidh,
Do ghruai' mar rós, 's do phóg mar ubhall,
Do bheul dreachmhór meachair grinn,
Ó'm fuighte na h órain cheólmhor bhinn.

'S tu 's gloine 's is cannaiche bhanaile sruadh,
Gur deirge na'n t futhag an-rutha' tha d'
ghruaidh,
Do mhín rosg líontach, shíobhailt, shuairc,
Gníos mhálta, nárach, lán do stuaim.

'S é coslas na h ainnir an eal' air an t sruamh,
Do chneas mar an canach co-cheanalta thlá',
Do chíochan corrach air bhroileach geal bán,
Do bhráigh mar ghrian, 's do bhian mar
chnáimh.

Do chuach-fhalt bachallach, cas-bhuidh, dlú',
Gu h amlagach, daithte, lán chaisreag is lúb,
S 'Na .

'Na chiabhanaibh gleachdach am pleata' gu dlú',
Air sñiamh gu léir mar theuda-ciuil.

'S ioma' fuil uafal gun truaille', gun táir,
Tha togail 'na stuaidheanaibh suas ann ad
bhár, [s gach blár,
Clann Dómhnail a'chruadail fhuair buaigh ann
Gus an d' thain' an latha suarach thugadh uath'
an deas lámh.

'S ban-Chaimbeulach dhíreach an ríbhim
dheas óg, [tha beo;
Cha stríochdadadh do dhílsean a luchd míoruin
'S gach car tha dol diotsa ga d' shior-chur am
móighid, [nan fról.
'S thu theaghlach an Iarla shliochd Dhiarmaid

Tha Cinneadh do shean-mhath'r mór ainmeil
gu leoир, [toir;
Na Camronaich mheamnach bu gharg air an
'S iomadh áit' ann s'na dhearbh iad le fear-
ghleus an dórn, [Dheórs'.
Bhi marbhatach le'n armachd air dearganaich

'Nuair a sheasas i fathast air faidhir an righ,
Bi'dh ioma' fear-fearainn a' faraid, Co i?

Gruagach gheal, shomulta, shoilleir gu leoir,
'Si finealta foinneamh, gun chroma', gun sgeôp;
Calpa deas coslach, a choisiceadh ród,
Tróigh chuimir, shocair, nach dochuinn a'
bhróg.

'S maith thig dhuit san fhafan gún daithte
do'n t fról, [chóir,
Le staidhs 'ga theannadh cho-daingean 's bu
Fáinneacha dãoimein air roinn gach meoir,
Bi'dh rufles is ruibein air Iseabail óig.





O R A N XXIII.

Oran gacil.

'S A Mhárai bhán gur bar'ail thu,
 'S gur barraicht' air gach feòl thu,
 O'n thug mi gaol cho-daingean duit,
 'S mi t fharaid ann-s gach còmh'ail :
 'S earbsach mi a d' cheanaltas,
 'S na fhuair mi cheana d' chómhradh,
 Nach urrain cách do mhealladh uam
 'N déis do gheallaidh dhamh-fa.

'S chuàla mi mar shean-fhocal
 Mu'n darach, gur fiadh còr é,
 'S gur geinn dheth-fhein 'ga theannachadh
 A spealtadh é 'na òirdnibh :
 'S mi 'n dúil, a reir na h eallaidh fin,
 Gur maith leat mi bhi d' sheórsa,
 Nach tréig thu mi, 's gu 'm fuigh mi thu
 Ec bannaibh daingean pòsaidh.

'S é chum an raoir mi m' aithreachadh
 An spéis a ghabh mi òg dhiot ;
 Bha smaointean tric air m' aithre-se
 Mu'n ainnir a's fhearr fóghlum :
 Cha 'n 'eil cron r'a áireamh ort,
 O' d' bhárr gu sáil do bhròige,
 Ach ciallach, fialaidh, fáborach,
 Air fiadh do gháire 'n còmhnuidh.

'S do chúl daithte lán mhaifeach
 M' an cuairt a d' bhráigh 'n órdugh,
 Air sniamh, mar theuda clársaire,
 'Na fháinneachaibh glan nósar :
 Gu líth-dhonn, pleatach, sár-chleachdach,
 Gu dosach, fásmhar, dómhail,
 Gu lúbach, dualach, bachlach, guairsgeach,
 Snasmhor, cuachach, ór-bhuidh.

Tha t aghaidh nárach banail,
 Dá chaol mhaluidh mar ight eoin ort ;
 Rosga réidhe fallaine,
 'S dá shúil ghorm mheallach mhóthar :
 Do ghruaidh mar chaoran meangan,
 A thug barrachd air na rósan ;
 Do dheid geal dreachmhor meachair grinn,
 'S do bheul, o'm binn thig óran.


Tha

Tha do phóg mar úbhlan gáraidh,
 'S tha do bhráigh mar an neoinein ;
 Do chíochan líontach mulanach,
 'S an sít 'g an cumail cómhndar :
 Corp seamh, geal, gneadhail, furanach,
 Deadh-chumachdail, neo-spórsail ;
 Do chaipa cruinne, lúthora,
 'S an troigh nach lúb am feoirnein.

'S é 'm fáth mu'm biodh tu talach orm,
 Gur ro-bheag leat mo stóras :
 'S bha dá-rud-dheug a' tarruing uam
 Na thionail mi do phórzan.
 Bhiodh ól, is féisd, is banais ann ;
 Bha ceól, is beus, is ceannaithean,
 An fhéill, 's na gibhte leannanachd,
 An amaideachd 's an óige.

'S a nis' nam faighinn marram thu,
 Cha leanainn air an t seól fin ;
 Ga'n deanainn áiteach' fearainn,
 Is crobh bainne chur mu chró dhuit :
 Mharbhainn iasg na mara dhuit,
 'S am fiadh sa' bhealach cómhluath
 Le gunna caol nach mearachdaich,
 'S a mhealladh fear na cróice.

'S mór an gaol a ghabh mi ort
 Le ro-bheagan a d' cónas,
 'S mi 'n dúil gur tu bu leannan damh,
 'S nach mealladh tu mi m' dhóchas :
 Ge d' bhiodh am bás ann caraibh dhamh,
 Gun bhar'ail re tigh'n beo uaith,
 'S é dh'fhágadh flán mi 'n ríghbhín mhálta,
 Márai bhán o Lóch-lairig.



O R A N XXIV.

Oran fúgraídib.

'S I 'n inghean mo ghaoil
 An inghean donn óg ;
 Nam biodh tu re in' thaobh,
 Cha bhithinn fo bhrón.
 'Si 'n inghean mo ghaoil
 An inghean donn óg.

'Si Márai Nic-Neachduin
Is dáicheile pearfa,
Ghabh mis' uiread bheachd ort
Ri neach tha beo.

'Si 'n inghean, &c.

'Nuair sheallas mi t eudan,
'S mi 'n coinneamh ri t fhaotain,
Gur maith leam nam feudainn
Bhi daonan a'd' chóir.

'Si 'n inghean, &c.

O'n a thug thu dhamh gealladh,
'S ann duitse nach aithreach,
'S cha 'n fhaic iad thu 'n ath-bhliadh'n'
A'd' bhan-araich bhó.

'Si 'n inghean, &c.

Cha d' theid thu do'n bhualadh,
A bhleothan cruibh ghuail-fhionn;
Cha chuir thu ort cuaran,
'S gur uallach do bhróg.

'Si 'n inghean, &c.

Cha 'n fhoghnadh le m' chruinneig,
A' bhuarach no chuinneag,

'S

'S cha chluinnear gu'n cumadh tu
Cuman a'd' dhorn.

'Si 'n inghean, &c.

Cha d' theid thu Bhad-odhair
A leigeadh nan gabhar,
'S minn bheag as an diaigh
'G an deothal mu'n chró.

'Si 'n inghean, &c.

Cha leig mi thu 'n fhireach
'Thoirt a' chruibh as an innis,
Air eagal na gillean
Bhi fireadh do phóg.
'Si 'n inghean, &c.

Cha taobh thu duin'-uafal,
'S cha 'n áill leat am buachaill',
'S cha 'n fleairde fear-fuatain
Bhi cruaidh air do thóir.

'Si 'n inghean, &c.

Cha taobh i fear idir,
Air eagal mo thrioblaid;
'S cha toilich té mise
Ach ise le deoin.

'Si 'n inghean, &c.

'S i ríghbhinn a' bhaile
 Tha síor-thigh'n air m' aire ;
 Nam b'i rachadh marrum,
 Cha d' fharraid mi stór.

'Si 'n inghean, &c.

Bheir mis' thu Dhúin-eudair
 A dh'iunnfacha' beurla,
 'S cha 'n fhág mi thu t éigin
 Ri spréidh an fhír mhóir.

'Si 'n inghean, &c.

A 'n inghean na gruaige,
 Cha chreidinn ort tuailios ;
 O'n a tharruing mi suas riut,
 Cha 'n fhuath leam do sheól.

'Si 'n inghean, &c.

'S é mheudaich mo ghaol ort
 Gu'n d' fhas thu cho-aobhach,
 'S gu'n leumadh tu daonan
 Cho-eutrom 's na eoin.

'Si 'n inghean, &c.

'Si 'n togarrach laoghach
 A thogainn mar roghuinn,

Nam

Nam bithinn a' taoghal'

San tigh am bi'n t ól,

'Si 'n inghean, &c.

Gú'm b' fheairde daoin'-uaisle

'N ám thionnda' nan cuach thu,

A thoirt luineagan-luaidh dhoibh

Mu'n cuairt air an stóp..

'Si 'n inghean, &c.

'S leat urram an damhsaidh,

'S an fhidheal 'na teann-ruidh ;

Bu chriodhal fan ám thu,

'S an dram air a' bhórd.

'Si 'n inghean, &c.

'S tu fhreagradh gu h innealt'

Am feadan 's an ribheid,

A sheinneadh gu fileanta

Ruidh-leumnaich ceoil.

'Si 'n inghean, &c.

'S tu thogadh mo spíorad,

'Nuair a theid thu air mhireadh,


Le d' cheileiribh binne,

'S le grinneas do bheoil.

'Si 'n inghean, &c.

Leis na ghabh mi do cheisid ort
 Am madain 's am feasgar,
 Gu'n deanainn riut cleasachd
 Is beadurra gu leoir :
 'Si 'n inghean, &c..

Dheanainn riut furan
 Am bliadh'n' is an vraidh,
 Bu dócha na'n t uireasbhuidh,
 Tuill' as a' chóir.
 'Si 'n inghean, &c..



O R A N XXV.

Oran do chaora a fhuaradb a ghibbt o mhnaei
 uasail áraid.

H E M O, ho io, ho ro chaora cheann-fhion,
 Hem o, ho io.

'S a' chaora fhuair mi o Shiúsaídh,
 Gun an cuin' a dhol g'a ceannach ;
 Hem o, &c..

Gu'm-

Gu'm bu flán do'n t fár-mhnaoi uasail,
Ó'n d'fhuaradh a' chaora cheann-fhionn :

Hem o, &c.

Cuimhnichidh mi do dheoch-fláinte
Sa' h uil' áit' ann ól mi drama.

Hem o, &c.

Chaora tháinig a Coir'-uanain
Páirt g'a suanaich mar an canach :

Hem o, &c.

Bha cuid dhith air dhath na carnaid,
'S cuid eile mar bhár na bealuidh ;

Hem o, &c.

'S ann bu cholsach ris an t síde
Caora mhín nan casa geala.

Hem o, &c..

'S iomadh cuileag chun an íasguich,
Tháinig riamh as a cùl cannach :

Hem o, &c.

Cungaidh mhaith nam breacan daora

Ann s a h uile taobh g'a falluing ;

Hem o, &c.

Cuiridh iad i air na cláduibh,

'S áluin i 'nuair theid a tarruing.

Hem o, &c.

'S i bu mholaiche na 'n líon
Is fhearr tha cinntinn aig na Galluibh.

Hem o, &c.

Bhiodh aice dá uan sa' bhliadhna,
'S bha h uile h aon riamh dhiubh fallain;

Hem o, &c.

'S 'nuair a thigeadh míos roimh Bhealltuin,
B' sheirde mi na bh' aice bhainne;

Hem o, &c.

Chumadh i rium gruth is uachdar,
Air fhuairid 's g'am biodh an t earrach :

Hem o, &c.

Dh' fhoghnadh i dhamh-fad an t samhruidh
Chumail annloin rium is aran.

Hem o, &c.

Cha raibh leithid chun an eadruidh
Am fad is freagradh do MhacAilein.

Hem o, &c.

Bhiodh i air thoiseach an t sealmhain.
A' tighinn 's a' falbh o'n bhaile.

Hem o, &c.

'S mise fhuair an sgobadh creachuidh:
'N la a leag iad i san ranuich:

Hem o, &c.

'S tric tha mi 'g amharc an áit'

Ann raibh i bláth, 's i call a fola :

Hem o, &c.

'S ann san fhraoch aig taobh Uillt-ghartain,

Rinn i 'n-codal as nach d' fhairich :

Hem o, &c.

'S diomach mi do'n ghile-mhártuin

Bha cho'-dána 's dol 'na caruibh.

Hem o, &c.

Feuduidh na h eunlaith bhi róichdeil

Ag itheadh a feóla 's a faille :

Hem o, &c.

'S cha 'n 'eil-ean a laidh air fulachd

Nach raibh umad ann an cabhaig.

Hem o, &c.

Am fear ruadh a chuir gu bás i

Thug é páirt dhith chum na garuidh.

Hem o, &c.

'Nuair a ránuig mis' an ár-fhaich',

Cha raibh láthair dhiot ach faileas ;

Hem o, &c.

Eba na cnaimhean air an lomadh,

Is bha 'n olan air a pealladh.

Hem o, &c.

O'n a chaill mi 'nois mo chaora,
'S colsfach a m' eudach bhi tana :

Hem o, &c.

Cia leis a nítear dhamh cóta,
O nach beo a' chaora cheann-fhionn.

Hem o, &c.

H uile bean a th' ann a s dúthaich,
Tha mi 'n dúil ann dûrachd maith dhamh ;

Hem o, &c.

'S theid mi dh' iarruidh na faoidh-chlóimhe,
Air mnathan cóireadh an fhearin.

Hem o, &c.

Taoghluidh mi air Inner-ghíneachd,
'S innsidh mi na bhios air m' aire ;

Hem o, &c.

Gheibh mi tlám a chlóimh nan caorach,
O'na tha mi dh' eudach falamh :

Hem o, &c.

Gheibh mi rúsg ann Tigh-na-fróine
O'n mhnaoi chóir a bha fan Arrar.

Hem o, &c.

Ann Gleann-ceitilein an fheoir
Gheibh mi na rúisg mhóra, gheala.

Hem o, &c.

Gheibh

Gheibh mi lán na slige-chreachuinn
O nion-Dónuil ghlais an drama ;

Hem o, &c.

Cuiridh mi súd thar mo rúchan,
'S fheaird' a ghiúlaineas mi 'n eallach.

Hem o, &c.

Ruigidh mi bean Cheann-loch-éite,
Tha mi 'm éigin, 's cha bu mhaith lea' ;

Hem o, &c.

Gheibh mi uaipe tlám a dh'fhaoidhe,
Tlám eile a thao' bhi 'm cháraid.

Hem o, &c.

Their an té tha 'n Guala-chuilin,
'S mór is doilich leam do ghearan ;

Hem o, &c.

Bheir thi nuas an t uisge-beatha
Dh' fheuchain an crath é dhiom an smallan.

Hem o, &c.

Their gach té tha 'n Druim-a-chothuis,
Gheibh thu rud, 's gur maith an airidh :

Hem o, &c.

'Nuair a theid mi dh' Inner-chárnain,
Cha leig aon té th' ann mi faladh.

Hem o, &c.

'Nuair theid mi 'n bhail' tha láimh ris,
Gheibh mi tláman ann 's gach talla.

Hem o, &c.

Cha'n eil té tha 'n Daile-'n-easa
Nach d' theid mi 'm freasdal a ceanail.

Hem o, &c.

Thig mi dhatigh leis na gheibh mi,
Is tornad deth co-mhór ri gearran :

Hem o, &c.

Foghnuidh súd damh cór as bliadhna
Chumail sniamh ri nian a' bharain ;

Hem o, &c.

'S 'nuair a theid é fuidh na spáluibh,
Ni thi fábhor rium a bhain-fhítheach.

Hem o, &c.

'S ioma' té ni eudach guamach
Ach cha luaidh i é gun chearthar.

Hem o, &c.

Th' uile gruagach tha 'n Gleann-éite
Dh' fheumainns' iad a thigh'n do'n bhláille ;

Hem o, &c.

'S 'nuair a chuireas mi air seól iad,
'S ann a theid an cló' a theannadh ;

Hem o, &c.

'Nuair a theannas iad re fúchdadhl,
Cha bhi túchadh air an anail ;

Hem o, &c.

'Nuair a shuidheas iad air cléidh,
Gu'n cluinnt' an eughach thar na beannuibh ;

Hem o, &c.

'Nuair a sheinneas iad na h órain,
Cuiridh iad na h eoin ann crannuibh ;

Hem o, &c.

'Nuair a theannas iad ri luinneag,
'S binn' iad na guileag na h eala :

Hem o, &c.

'S mór is binne fuaim nan níonag
Na ceól píob air thús a' phannail ;

Hem o, &c.

Bithidh a túrn ann láimh gach té dhiubh,
'S bithidh a beul a' feinn na h ealaidh ;

Hem o, &c.

Té ri búrn, as té ri móinidh,
Té a' cur seól air an ainneal,

Hem o, &c.

Té 'ga phostadh ann an túbadh
Té 'ga luidreadh, té 'ga ghlanadh,

Hem o, &c.

Dithis 'ga fhilachdadhbh gu láidir,
Dithis 'ga fhásgadh gu gramail,

Hem o, &c.

Ach mu'n cuir iad as an láimh é
'S cinnteach mi gu'm fás é daingean ;

Hem o, &c.

Theid a thiormachadh air bráighidh
Gára-cháil air am bi baran.

Hem o, &c.

Mur d' thig e 'm ionnsuidh an táileir,
'S nár dha é 's gu'n d' thug sinn bean da.

Hem o, &c.

'S ann an fin a theid mo chómhdach'
Leis a' chlóimh a rinn mi thional.

Hem o, &c.

Gur mise tha gu duthach
Ri cumha do 'n chaora cheann-fhionn,

Hem o, &c.

'S beag an t ionghnadh dhamh bhi doilich
Mulad a bhi orm as faran ;

Hem o, &c.

'Nuair a shuidheas mi air tullaich,
'S turaman a bhios air m' aire,

Hem o, &c.

A' cuimhneacha' coslas na caorach
 Nach raibh h eug'as ann san fhearan :

Hem o, &c.

Bha i riathach, 's bha i lachdun,
 Bha i cais-fhionn, 's bha i ceann-fhionn ;

Hem o, &c.

Bha i croidh-fhionn, 's bha i bótach ;
 Bha geal mór air bár a breamain.

Hem o, &c.

'Nuair theid mi shealltuinn nan caorach,
 Iundraigidh mi chaora cheann-fhionn ;

Hem o, &c.

S' misde mi gu'n d'rinn i m' fhágail,
 'S b'fheairde mi i 'm fad 's a dh'fhan i ;

Hem o, &c.

Cha do leig i riamh an fháiling'
 Ann am árdaich, 'n fhad 's a mhair i ;

Hem o, &c.

'Nuair a rachuinn chun na h áiridh,
 Chuireadh i na tráighean tharum,

Hem o, &c.

'S ro-mhaith thogadh i na páisdean,
 Bhiodh iad sáthach 'nuair bu mhaith leam,

Hem o, &c.

'S mise bha air bheagan saoithreach

'M fad 's a bha mo chaora mairtheann :

Hem o, &c.

O'na tháinig ceann a faoghail,

'S eigin damh bhi daor fa' cheannachd.

Hem o, &c.

Gu'm bu flán do'n chátá' chaorach

As an d' tháin' a' chaora cheann-fhionn ;

Hem o, &c.

'S an té e'n d'fhuair mi i 'n toiseach,

'S ro-mhaith chofainn i mo bheannachd.

Hem o, &c.

Beannachd leis an rúd a dh'fhalbhais ;

Cha 'ne 's fhearr dhuinn ach na dh'fhannas ;

Hem o, &c.


'S fhearr bhi criodhail leis na dh'fhuirgheas,

Na bhi tuirseach mu na chailleas.

Hem o, ho io, ho ro chaora cheann-fhionn,

Hem o, ho io.





O R A N XXI.

Oran luaidh.

HO ro gu'n togainn air húgan fhathasd,
Ho ro io mu'n d' theid mi laidhidh ;
Ho ro gu'n togainn air húgan fhathasd.

Togamaid fonn air luadh' a' chlóthlain ;
Gabhaidh sinn ceól, is órain mhatha..

Ho ro, &c.

B' fheaird' an clóth bhi chóir nan gruagach,
A dhéanadh an luadha' le 'n lamhan ;

Ho ro, &c.

'Nuair thionndaidheas iad air cléidh é
Chluinnte fuaim gach té dhiubh labhairt.

Ho ro, &c.

Orain ghrinne, bhinne, mhífle,
Aig na ríobhainean 'g an ga'ail ;

Ho ro, &c.

Luinneag ac' air luadha' 'n eudaich,
Sunndach, saothrachail ri maitheas.

Ho ro, &c.

An

Thogamaid fonn gu ceólmhar, eu-trom,
Air a' chlóth bu daoire dathan.

Ho ro, &c.

An cloth brionnach, ballach, ciatfhach,
Triuchanach, stíallagach, gathach ;

Ho ro, &c.

An clóth taitneach, basach, boisgeil,
Laisde, daoimeineach, 's é leathan.

Ho ro, &c.

Gu'm bu flán a bhios na caoraich
Air an dh' fhás an t eudach flathail.

Ho ro, &c.

Beannachd aig an láimh a shníomh é ;
'Si rinn gniomh na deagh bhean-tighe :

Ho ro, &c.

'S ann is colsach ris an t síd é
Dh' fhág i míín é, 's rinn i maith é ;

Ho ro, &c.

Snáth co-rithinn ris na teudan,
'S é co'-réidh 's a dh' fheudta shnaitheadh :

Ho ro, &c.

Cha raibh pluc, no meall, no gaog ann,
No giog chaol, no fliasuid reamhar.

Ho ro, &c.

'Nuair a theid an clóth a'n mhargadh,
 'S é ni'n t airgiod air an rathad.

Ho ro, &c.

Cha bhi flat a síos a chrún deth,
 Miann gach súil é ann fan fhaidhir.

Ho ro, &c.

Cha bhi suirighich' ann fan dúthraig
 Nach bidh 'n dúil ri páirt deth fhaighin.

Ho ro, &c.

'S ann tha 'n toil inntin eudaich
 Aig na daoin' a bhios 'ga chaithe'.

Ho ro, &c.

Thogainn am fonn a dh'iarradh póitear,
 Is luaidhinn an clóth bu mhiann le mnathan.

Ho ro, &c.

'S olc an obair luadh' no fúcadh,
 Ma bhios túchadh oirn' le padhadh.

Ho ro, &c.

Chuireadh é sunnd air muintir óg,
 Suidheadh mu bhórd ag ól gu latha

Ho ro, &c.

Puinse le gloinneachaibh lána,
 Deochanan-sláinte 'gan gabhail;

Ho ro, &c.

Greis air fíon, is greis air brandaidh,
 Greis air dram do'n uisge-bheatha,

Ho ro, &c.

Greis air fidhleireachd 's air damhsadh,
 Greis air cantaireachd 's air aidhear;

Ho ro, &c.

'Nuair theid stárn ann áird an aodain,
 'S ro-mhaith 'n t àm do dhaoinibh laideadh.

Ho ro, &c.

C R I O C H.





